hia
Highlands and Islands Airports Limited
Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta



# Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan gu 31 Màrt 2024

# Mu ar deidhinn




**'S e companaidh earranta phrìobhaideach a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair.**

Tha na puirt-adhair againn suidhichte ann am: Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh agus Inbhir Ùige.

Tha sinn ag obair le ar com-pàirtichean agus luchd-ùidh, agus tha sinn dealasach a thaobh taic dhan dleastanas shòiseo-eaconamach aig còmhdhail-adhair ann an Alba ann a bhith a' cumail suas is a' leasachadh ar puirt-adhair agus na seirbheisean agus ceangalan deatamach a tha iad a' toirt do chuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche nar dùthaich.

# Clàr-innse


| | |
|---|---|
| Ar Luachan | 1 |
| Ro-ràdh bhon Chathraiche | 2 |
| Aithris bhon Àrd-oifigear | 5 |
| Aithisg Ro-innleachdail | 6 |
| Achd nan Aonaidhean Ciùird 2016: Aithris air Ùine airson Dleastanasan Aonaidhean-ciùird | 20 |
| Aithris Nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon | 21 |
| Aithisg nan Stiùirichean | 27 |
| Aithris air Riaghladh | 28 |
| Aithisg air Uallaichean nan Stiùirichean | 33 |
| Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich | 34 |
| Aithris air Teachd a-steach na Buidhne | 38 |
| Aithris na Buidhne air Teachd a-steach Iomlan | 39 |
| Aithris na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan | 39 |
| Aithris na Buidhne air Atharrachaidhean ann an Cothromas | 40 |
| Aithris na Companaidh air Atharrachaidhean ann an Cothromas | 40 |
| Aithris na Buidhne air an t-Suidheachadh Ionmhasail | 41 |
| Aithris na Companaidh air an t-Suidheachadh Ionmhasail | 42 |
| Aithris na Buidhne air Sruthan Airgid | 43 |
| Aithris na Companaidh air Sruthan Airgid | 44 |
| Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail | 45 |
| Fiosrachadh Corporra | 77 |


Dealbh còmhdaich – Port-adhair Bheinn na Faoghla

# Ar Misean, Àrd-amas agus Luachan

**'S e an t-amas a th' againn a bhith a' cur an comas ceanglaichean adhair agus a' cumail taic ri seirbheisean deatamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh tro lìonra de phuirt-adhair shàbhailte is sheasmhach.**

**Tha seo air a dhaingneachadh leis an àrd-amas againn gu bheil sinn airson a bhith nar buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh carboin.**

# Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' toirt cumadh air ar cultar agus tha iad a' mìneachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri lìbhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheis san ùine fhada.

**Openness**

Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fèin-ùidh.

**Respect**

Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sinn dearmad air feumalachdan chàch.

**Innovation**

Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh nas fheàrr san àm ri teachd, cha bhi sinn dìreach a' gabhail ris an status quo.

**Ownership**

Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.

**Excellence**

Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dìcheall gus an ìre as fheàrr as urrainn dhuinn a lìbhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

# Ro-ràdh bhon Chathraiche




**Thar na bliadhna a dh'fhalbh bha ar fòcas ro-innleachdail air a bhith a' lìbhrigeadh ar prìomh ghnìomhachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil na puirt-adhair againn sàbhailte agus a' gèilleadh ri riaghladh gus taic a chumail ris a' cheangal adhair a tha ro-chudromach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh.**

Thug na cuideaman ionmhais a tha mu ar coinneamh fhathast oirnn ath-shuidheachadh a dhèanamh air na h-amasan againn agus ath-mheasadh a dhèanamh air na prìomhachasan ro-innleachdail agus co-dhùnaidhean cosgais againn, agus às dèidh prògram co-chomhairleachaidh farsaing le co-obraichean, buidhnean com-pàirteachais agus prìomh luchd-ùidh, dh'fhoillsich sinn ar **Plana Ro-innleachdail ath-sgrùdaichte airson 2023-28** air 22 Ògmhios 2023.

Ghabh ar co-obraichean ris an t-slighe ro-innleachdail ùraichte agus rinn iad cinnteach gun lean sinn oirnn a' toirt seachad seirbheisean deatamach gus taic a thoirt do cheanglaichean adhair deatamach airson gnìomhachasan agus daoine sna coimhearsnachdan againn. Rinn iad sin gun a bhith a' toirt buaidh air an ìre seirbheis custamair chliùiteach aig HIAL a tha air leth proifeasanta ach cuideachd càirdeil. Às leth a' Bhùird, bu toil leam taing a thoirt do ar co-obraichean air feadh na Companaidh airson an dìcheall leantainnich, gu tric a' dèanamh tòrr a barrachd na dh'fheumas iad gus dèanamh cinnteach gum bidh cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche againn ceangailte ris an t-saoghal a-muigh.

Port-adhair Sumburgh

# Ro-ràdh bhon Chathraiche

Thar na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024, chùm sinn àireamh luchd-siubhail seasmhach le beagan nas lugha na 1.5 millean neach-siubhail thairis air na 11 puirt-adhair againn gu lèir. Tha seo na àrdachadh de 3.5% ann am figearan luchd-siubhail an taca ri bliadhna ionmhais 2022/23. Ach, a dh'aindeoin nan àrdachaidhean thar an dà bhliadhna a dh'fhalbh, tha àireamhan luchd-siubhail fhathast faisg air 12% nas ìsle na ìrean ron ghalair lèir-sgaoilte ann an 2019/20.

Tron bhliadhna, fhuair HIAL subsadaidh poblach de £50,689,000 a' gabhail a-steach maoineachadh teachd-a-steach de £38,221,000 agus maoineachadh calpa de £11,812,000 agus le maoineachadh iasaid de £656,000 a bharrachd airson nan gnothaichean coimeirsealta againn.

Ann an suidheachadh le cuideaman ionmhasail a tha a' sìor fhàs, b' e stiùireadh ro-innleachdail a' Bhùird gum bu chòir cosgaisean gnothachais is obrachaidh a sgrùdadh. Tha an oidhirp thar na bliadhna gus cosgaisean a lùghdachadh, teachd-a-steach  coimeirsealta àrdachadh agus sruthan teachd-a-steach ùra a chruthachadh air a bhith buannachdail. Ro 31 Màrt 2024, bha an teachd-a-steach againn £2.3m air thoiseach air na bhathar an dùil agus, còmhla ri cosgaisean obrachaidh na b' ìsle na bha dùil, lìbhrig sinn toradh aig deireadh na bliadhna a bha £3.6m na b' ìsle na an tairgse tabhartais bliadhnail a thug Còmhdhail Alba dhuinn.

Fad na bliadhna, chùm sinn oirnn a' tasgadh ann am maireannachd ar puirt-adhair. Tha HIAL air an tasgadh bun-structair aige a cho-thaobhadh ris na stòrasan a tha rim faighinn, a' cur prìomhachas air caiteachas air cumail suas obrachadh sàbhailte nam port-adhair agus a' coileanadh riatanasan riaghlaidh.

Tha am maoineachadh agus an taic leantainneach bho Chòmhdhail Alba air ar cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh prògram calpa de chòrr is £12 millean gus bun-structar nam port-adhair a leasachadh. Bha am prògram calpa air a sgaoileadh air feadh nam port-adhair uile agus e a' gabhail a-steach pròiseactan cho eadar-dhealaichte ri leudachadh air togalach a' phuirt-adhair ann am Barraigh agus ath-uachdarachadh agus ath-leasachadh an raoin-laighe ann an Ìle. Tha eisimpleirean de chuid de na pròiseactan calpa a chaidh a lìbhrigeadh rim faicinn nas fhaide air adhart san aithisg seo.

Bha atharrachadh mòr aig àrd-ìre taobh a-staigh HIAL sa bhliadhna a dh'fhalbh. Leig Inglis Lyon dheth a dhreuchd mar Stiùiriche Riaghlaidh air 14 Ògmhios 2023, às dèidh 18 bliadhna leis a' Chompanaidh, agus thàinig Stewart Adams còmhla rinn mar Àrd-oifigear (CEO) Eadar-amail. Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt do Stewart airson an dreuchd a lìonadh agus airson na rinn e gus ar cuideachadh le bhith ag adhartachadh èifeachdas agus ag àrdachadh teachd-a-steach coimeirsealta san ùine ghoirid a bha e còmhla ri HIAL.

Chuir am Bòrd Paul Kelsall an dreuchd mar Cheannard maireannach HIAL air 20 Cèitean 2024 agus bha e na thoileachas dhuinn cuideigin de dh'inbhe agus eòlas Paul fhaighinn gus ar cuideachadh gus ar n-amasan ro-innleachdail a lìbhrigeadh agus gus cumail oirnn a' cur air adhart an fhòcais ùir againn.

Bu mhath leam taing fhoirmeil a thoirt dhan Bhòrd airson an cuid seirbhis agus stiùiridh leantainnich. Tha an stiùireadh agus an taic aca air a bhith air leth luachmhor tro bhliadhna a tha air atharrachadh fhaicinn anns na prìomhachasan ro-innleachdail againn a bharrachd air atharrachadh air ceannardas HIAL.

Tha conaltradh le co-obraichean, buidhnean com-pàirteachais agus luchd-ùidh fhathast àrd air clàr-gnothaich a' Bhùird agus ghabh Buill an cothrom coinneachadh ri co-obraichean ionadail agus luchd-ùidh nuair a thadhail iad air diofar phuirt-adhair airson coinneamhan Bùird tron bhliadhna.

Agus bho chionn ghoirid, dh'fhoillsich Còmhdhail Alba an Aithris aca air Seirbheisean-adhair. Tha am Bòrd a' cur fàilte air an aithris a tha ag aithneachadh gu bheil puirt-adhair HIAL nam pàirt riatanach de lìonra còmhdhail na h-Alba agus ag aithneachadh an àite dheatamaich a th' aig HIAL ann a bhith a' toirt taic do cheanglaichean airson cuid de na sgìrean as iomallaiche san dùthaich.

Tha an aithris ag aithneachadh na rinn HIAL gus taic a cumail ri gealltanas Riaghaltas na h-Alba a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a dhèanamh na sgìre le seirbheisean-adhair gun eimiseanan carboin, agus e a' daingneachadh gu bheil barrachd ri dhèanamh fhathast. Gus sin a choileanadh, leanaidh sinn air adhart leis a' phrògram againn gus gnìomhachd agus bun-structar ar puirt-adhair a dhì-charbonachadh agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri Còmhdhail Alba gus na prìomhachasan aca a thaobh sheirbheisean-adhair a lìbhrigeadh.

Tha prìomh àite aig HIAL ann a bhith a' lìbhrigeadh obrachaidhean puirt-adhair nas èifeachdaiche air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan agus obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le sealbhadairean phuirt-adhair aig ùghdarrasan ionadail agus le Còmhdhail Alba gus sgrùdadh a dhèanamh air cho comasach 's a bhiodh eaconamaidhean sgèile.

A' coimhead air adhart, tha e soilleir gum bi suidheachadh ionmhais na roinne poblaich air leth dùbhlanach fad deagh ghreis fhathast. Leanaidh fòcas HIAL air a bhith a' cruthachadh teachd-a-steach coimeirsealta, a' lùghdachadh chosgaisean, agus a' cur ri èifeachdas tro 2024/25 agus nas fhaide air adhart mar phàirt den obair àbhaisteach againn.

Tha mi làn mhisneachail gun cùm ar co-obraichean orra a' cur aghaidh air an dùbhlain sin agus a' lìbhrigeadh èifeachdas gun a bhith a' toirt buaidh air an àrd-ìre de sheirbheis custamair againn a tha air cliù a chosnadh dhuinn.



**Lorna Jack**
**Cathraiche**




Port-adhair Dhùn Dè

# Aithris bhon Àrd-oifigear

Tha e air a bhith na urram dhomh cùrsa-beatha fada a bhith agam ann an roinn nan seirbheisean adhair, a thòisich leis a' Chabhlaich Rìoghail mus do ghluais mi air adhart gu gnìomhachd choimeirsealta ann an roinn nan seirbheisean-adhair prìobhaideach.

Fad mo chùrsa-beatha, tha mi air tadhal air grunn phuirt-adhair aig buidheann HIAL gu cunbhalach agus dh'obraich mi a-mach à Port-adhair Sumburgh ann an 2006. Bha fìor dheagh bheachd agam riamh air na seirbheisean proifeasanta, càirdeil agus de dh'àrd-chàileachd aig na sgiobaidhean air feadh HIAL.

Bha mi air leth toilichte gabhail ris an dreuchd mar Àrd-oifigear HIAL air 20 Cèitean 2024. Tha e brosnachail a bhith a' stiùireadh buidheann le cliù cho mòr agus a tha air a bhith cho cudromach sa chùrsa-beatha agam fhèin.

Ged nach robh mi leis a' Chompanaidh tron bhliadhna aithris ionmhais 2023/24, bha mi air a bhith ag obair aig HIAL fad còig mìosan nuair a chuir mi ainm ris na cunntasan seo.

Thairis air na beagan mhìosan a dh'fhalbh, chaidh agam air tadhal air gach fear de na 11 puirt-adhair againn agus air coinneachadh ris na sgiobaidhean ionadail cho math ris na sgiobaidhean taic aig a' phrìomh oifis. Tha na còmhraidhean fosgailte agus cruthachail le co-obraichean air feadh na Companaidh air còrdadh rium.

Mar phàirt den phrògram conaltraidh thòiseachail agam, tha mi cuideachd air coinneachadh ri luchd-ùidh ionadail agus ri co-obraichean bho bhuidhnean com-pàirteachais agus tha mi air a bhith fìor thoilichte leis na beachdan fàbharach aca mun t-seirbheis a tha sinn a' toirt seachad.

Fhad 's a bha mi a-muigh air chuairt tha mi air fhaicinn dhomh fhèin cho proifeasanta is càirdeil 's a tha na h-ìrean seirbheis cliùiteach aig HIAL, agus tha luchd-siubhail agus custamairean ris an do bhruidhinn mi fhad 's a bha mi ann an togalaichean puirt-adhair air aontachadh ri seo.

'S e mo bheachd tùsail gur e na daoine againn a nì HIAL mar a tha e. Tha sinn nar buidheann le daoine aig cridhe chùisean le sgiobaidhean làidir air feadh na companaidh. Bho na chunnaic mi gu ruige seo, bidh na sgiobaidhean againn a' lìbhrigeadh na seirbheis againn le ìre air leth de phròis agus de dhìcheall, agus tha grunn eisimpleirean agam mar-thà de 'Sgioba HIAL' a' dèanamh tòrr a bharrachd na dh'fheumas iad gus dèanamh cinnteach gu bheil ar coimhearsnachdan ceangailte.

Mar a thuirt an Cathraiche mar-thà, bidh am fòcas agam air dèanamh cinnteach gum bi na puirt-adhair againn sàbhailte agus a' gèilleadh ri riaghailtean agus iad cuideachd ag obair ann an dòigh cho èifeachdas 's a ghabhas. Mar bhuidheann, feuchaidh sinn ri togail air an oidhirp a rinn an neach a bha nam dhreuchd roimhe, Stewart Adams, gus ar n-amasan ro-innleachdail a lìbhrigeadh gus ar teachd-a-steach coimeirsealta àrdachadh agus cosgaisean a lùghdachadh. Tha an oidhirp gus na h-amasan sin a lìbhrigeadh air sàbhalaidhean mòra, barrachd èifeachdais, agus àrdachadh air teachd-a-steach coimeirsealta adhbharachadh.

Cumaidh sinn oirnn leis an obair a tha sinn air tòiseachadh le fòcas às ùr air cosg-èifeachdas, agus fòcas bunaiteach air èifeachdas agus sàbhaladh airgid, gun a bhith a' toirt buaidh air sàbhailteachd no luach do na custamairean againn. Nì sinn ar dìcheall gus "barrachd a dhèanamh leis na th' againn mar-thà" agus, gu dearbh, bidh e na phrìomhachas dhuinn cothroman a lorg gus ar teachd-a-steach coimeirsealta àrdachadh.

Tha an Cathraiche air iomradh a thoirt air na dùbhlain a bhios ron roinn phoblaich agus 's e ar prìomh amas airson an àm ri teachd a bhith ag obair cho èifeachdach 's a ghabhas, agus aig an aon àm a bhith a' cumail suas na h-ìre àrd de sheirbheis ris a bheil luchd-cleachdaidh HIAL an dùil.

Bha an fhàilte chàirdeil a fhuair mi na urram agus bu toil leam taing a thoirt do cho-obraichean agus luchd-ùidh a tha air a bhith an dà chuid càirdeil agus taiceil. Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair ann an com-pàirteachas gus seirbheisean puirt-adhair a tha sàbhailte, tèarainte agus èifeachdach a thoirt seachad a bheir taic dhan cheangailteachd ro-chudromach aig na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh.





**Paul Kelsall**
**Àrd-Oifigear Gnìomha**



Port-adhair Thiriodh

# Aithisg Ro-innleachdail

## Tha na stiùirichean a' foillseachadh na h-Aithisg Ro-innleachdail aca agus aithrisean ionmhais na Buidhne airson na bliadhna gu 31 Màrt 2024.

### Prìomh Obair

Bha prìomh obair na Buidhne rè na bliadhna a' cuimseachadh air a bhith a' toirt seachad puirt-adhair a tha sàbhailte agus a' gèilleadh ri riaghailtean thar nan 11 puirt-adhair a bhios sinn a' ruith. Bidh a' Bhuidheann a' togail teachd-a-steach coimeirsealta bho bhith a' togail cìsean puirt-adhair, agus sruthan airgid nach eil stèidhichte air seirbhisean adhair a tha gu ìre a' frith-chothromachadh cosgaisean obrachaidh na Buidhne.

### Toraidhean agus duaisean-earrainn

Mar chompanaidh a tha air a mhaoineachadh leis a' phoball, tha HIAL gu math mothachail gum feum e a stòrasan a stiùireadh ann an dòigh chiallach is èifeachdach. Leis a' chuideam air buidseatan na roinne poblaich, tha seo na dhùbhlan mòr, gu sònraichte ann am mòran de na puirt-adhair as lugha, as iomallaiche againn, far a bheil àireamhan luchd-siubhail ìosal agus cosgaisean stèidhichte fhathast an ìre mhath àrd.

Às dèidh chìsean, bha prothaid aig a' chompanaidh pàrantaich às dèidh chìsean de £2,212,000. (2023: call às dèidh chìsean de £663,000). Mhol na stiùirichean nach rachadh duais-earrainn sam bith a phàigheadh.

### Ath-sgrùdadh air a' ghnìomhachas

Anns a' bhliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2024, fhuaras subsadaidhean poblach de £50,689,000 (2023: £55,869,000) le £38,221,000 ann an subsadaidh teachd-a-steach (2023: £37,882,000) agus £11,812,000 ann an subsadaidh calpa (2023: £17,986,500). Thug Riaghaltas na h-Alba maoineachadh iasad calpa de £656,000 seachad cuideachd. Phàigh Còmhdhail Alba £184,000 do HIAL cuideachd airson seirbheisean a chaidh a thoirt seachad a thaobh Sgeama Lasachaidh Puirt-adhair tron bhliadhna (2023: £123,000).

Bha caiteachas calpa rè na bliadhna de £12,468,000 air a mhaoineachadh leis an t-subsadaidh chalpa agus maoineachadh iasaid a chaidh ainmeachadh gu h-àrd (2023: £19,554,000).

Chaidh àireamh an luchd-siubhail air feadh na buidhne suas 3.5% bliadhna às dèidh bliadhna, ged a bha seo fhathast mu 12% na b' ìsle na 2019/20. Lùghdaich gluasadan shoithichean-adhair 20% bliadhna às dèidh bliadhna, mar thoradh air call sgoil itealaich ionadail ann an Dùn Dè.

### Leasachaidhean san àm ri teachd

Tha na stiùirichean ag amas air dèanamh cinnteach gun cùm a' Bhuidheann orra a' ruith agus a' stiùireadh nan 11 port-adhair aige a rèir poileasaidh Ministreil na h-Alba agus a bhith a' cumail taic ri leas sòisealta is eaconamach nan sgìrean buntainneach.



Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain

# Aithisg Ro-innleachdail

## Stadastaireachd trafaig bliadhnail

### Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024

| | Luchd-siubhail | | | Gluasadan | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | 2023/24 Àir. | 2022/23 Àir. | Atharrachadh % | 2023/24 Àir. | 2022/23 Àir. | Atharrachadh % |
| Barraigh | 12,536 | 12,928 | (3%) | 1,270 | 1,283 | (1%) |
| Beinn na Faoghla | 29,884 | 31,372 | (5%) | 2,498 | 2,739 | (9%) |
| Ceann Loch Chille Chiarain | 7,734 | 6,712 | 15% | 1,464 | 1,425 | 3% |
| Dùn Dè | 34,010 | 41,127 | (17%) | 6,551 | 25,270 | (74%) |
| Inbhir Nis | 792,150 | 749,908 | 6% | 25,897 | 26,931 | (4%) |
| Ìle | 29,919 | 27,740 | 8% | 2,449 | 2,460 | 0% |
| Kirkwall | 134,250 | 127,915 | 5% | 11,819 | 11,818 | 0% |
| Steòrnabhagh | 105,007 | 103,856 | 1% | 7,668 | 7,616 | 1% |
| Sumburgh | 307,664 | 304,836 | 1% | 18,811 | 19,372 | (3%) |
| Tiriodh | 12,169 | 11,600 | 5% | 1,668 | 1,625 | 3% |
| Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt | 11,224 | 9,182 | 22% | 3,177 | 3,349 | (5%) |
| **Iomlan** | **1,476,547** | **1,427,176** | **3%** | **83,272** | **103,888** | **(20%)** |

### Gluasadan Luchd-siubhail Iomlan (na milleanan de luchd-siubhail)



# Aithisg Ro-innleachdail

### Prìomh chunnartan agus mì-chinntean

Tha a' Bhuidheann ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith ag aithneachadh na farsaingeachd de chunnartan a dh'fhaodadh a bhith mu choinneamh a' ghnìomhachais. Tha sinn air frèam-obrach làidir airson rianachd chunnartan a stèidheachadh gus a bhith ag aithneachadh agus a' measadh buailteachd agus builean chunnartan agus airson a bhith a' stiùireadh nan gnìomhan a tha a dhìth gus a' bhuaidh aca a lasachadh. Bidh ar pròiseasan comharrachadh chunnartan a' feuchainn ri cunnartan a chomharrachadh bho shealladh ro-innleachdail bhon mhullach a-nuas agus bhon bhonn a-nìos. Gu h-obrachail, tha e an urra ris an sgioba-gnìomha dèanamh cinnteach gu bheil na modhan-obrach, goireasan agus na sgilean iomchaidh aig a' Bhuidhinn gus cunnartan a chomharrachadh agus a riaghladh gu h-èifeachdach. Mar thoradh air seo, bidh Buidheann Sgrùdaidh Cunnairt, a tha cunntachail dhan Bhòrd tron Chomataidh Sgrùdaidh, a' dèanamh lèirmheas cunbhalach air na cunnartan a tha fa chomhair na Buidhne. Tha planaichean làimhseachaidh cunnairt air an cruthachadh mar fhreagairt do chunnartan comharraichte sam bith a tha nas àirde na miann cunnairt na Buidhne. Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh agus am Bòrd ag ath-sgrùdadh cunnartan na Buidhne aig gach coinneamh.

Tha na prìomh riosgan agus mì-chinntean a tha mu choinneamh na Buidhne air an cur còmhla ann am buidhnean farsaing mar ro-innleachdail, ionmhasail, coimeirsealta, reachdail agus obrachaidh.




- **Cunnartan Ro-innleachdail**
  Tha a' Bhuidheann a-nis air pròiseas foirmeil a stèidheachadh airson a bhith a' clàradh agus a' riaghladh chunnartan ro-innleachdail agus air am feumar mothachadh sònraichte a thoirt taobh a-staigh a' ghnìomhachais. Tha seo a-nis na chuspair leantainneach air a' chlàr airson sgrùdadh leis a' a' Bhòrd agus a' Chomataidh Sgrùdaidh.

- **Cunnartan Ionmhasail**
  Tha grunn chunnartan ionmhasail mu choinneamh na Buidhne a tha air an sgrùdadh agus air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis a' Bhòrd agus leis a' Chomataidh Sgrùdaidh.. Leis gu bheil a' Bhuidheann an eisimeil airgead poblach gus a h-obair a chumail a' dol thar nan 11 phuirt-adhair aice, tha i buailteach do dh'atharrachaidhean ann am maoineachadh poblach, a tha fo bhuaidh suidheachadh na h-eaconamaidh san fharsaingeachd agus co-dhùnaidhean air an dèanamh aig ìre Riaghaltas na RA agus na h-Alba. Tha riarachadh buidseat teachd a-steach agus riarachadh calpa taisbeanach a rèir nàdar dùbhlanaich na h-àrainneachd ionmhais poblaich san fharsaingeachd. Bidh a' Bhuidheann a' dèiligeadh ri cunnartan gum bi gainnead airgid ann le bhith a' cumail chùl-stòrasan agus goireasan bancaireachd iomchaidh agus a bhith a' cumail sùil fad an t-siubhail air na sruthan-airgid an da-rìribh agus air ro-aithrisean air sruthan-airgid.

- **Cunnartan Coimeirsealta**
  Tha teachd a-steach coimeirsealta na Buidhne a' tighinn sa mhòr-chuid bho àireamh bheag de chompanaidhean adhair a tha nan custamairean. Dh'fhaodadh cuideam sam bith bhon taobh a-muigh air na custamairean sin toirt orra ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' chlàr-ama obrach aca agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air teachd-a-steach na Buidhne agus cosgaisean co-cheangailte.

- **Cunnartan Reachdail**
  Tha gnìomhachd puirt-adhair air feadh na Buidhne air an riaghladh le Buidheann-gnìomha na Slàinte is Sàbhailteachd, Ùghdarras an Itealaich Chatharra (CAA) agus Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba (SEPA). Tha inbhean tèarainteachd air an suidheachadh le Roinn na Còmhdhail agus air an sgrùdadh leis an CAA. Bidh na buidhnean ag ùrachadh nan inbhean agus riatanasan aca gu cunbhalach agus chan eil e coltach gun lùghdaich uallach nan riaghailtean.

- **Cunnartan Obrachaidh**
  Bidh a' bhuidheann a' dèiligeadh ri cunnartan obrachaidh tro a siostaman rianachd sàbhailteachd agus rianachd chunnartan. Tha ro-innleachd agus stiùireadh na Buidhne san fharsaingeachd air a dhèanamh leis a' Bhòrd agus air fhiosrachadh le poileasaidh Riaghaltas na h-Alba.

# Aithisg Ro-innleachdail

## Amasan Ro-innleachdail HIAL

Mar fhreagairt air foillseachadh Lèirmheas Caitheamh Ghoireasan Riaghaltas na h-Alba sa Chèitean 2022, cho-dhùin am Bòrd ath-sgrùdadh agus ath-chothromachadh a dhèanamh air prìomhachasan ro-innleachdail HIAL gus fòcas a chur air a phrìomh fhoincseanan gus ceanglaichean adhair riatanach a chomasachadh agus a chumail suas aig an àm seo agus san àm ri teachd. Chaidh am **Plana Ro-innleachdail** ath-sgrùdaichte fhoillseachadh san Ògmhios 2023 agus tha e a' gabhail a-steach na h-ùine bho 2023 gu 2028.

Shuidhich **Plana Obrachaidh Corporra HIAL** na prìomh raointean airson lìbhrigeadh eadar 1 Giblean 2023 agus 31 Màrt 2024 gus na prìomhachasan ro-innleachdail aige a choileanadh:

- Lìbhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan chustamair is feumalachdan ionadail a choileanadh
- Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir stòrasan a tha rim faighinn.
- Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra.
- Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn.
- Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a lìbhrigeadh.
- Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach.

Tha cuid de na gnìomhan anns a' phlana obrachaidh seo mòr ann an sgèile, agus mar sin dh'fhaodte gum bi iad air an lìbhrigeadh thairis air barrachd air aon bhliadhna ionmhais.

Chaidh aithisgean adhartais ullachadh aig deireadh gach ràithe gus fiosrachadh mu choileanadh a thoirt seachad agus gus ar gnìomhachdan a stiùireadh gu h-èifeachdach tron bhliadhna aithris.

Chaidh sùil a chumail air na h-aithisgean adhartais ràitheil leis an Àrd-sgioba Stiùiridh gus am bi sgrùdadh coileanaidh èifeachdach agus planadh stiùiridh air a chur an comas. Chaidh na h-aithisgean a cho-roinn le Bòrd HIAL gus sealladh ro-innleachdail a cheadachadh air na prìomh raointean prìomhachais a bha iad air aontachadh airson na bliadhna.





Port-adhair Inbhir Nis

# Aithisg Ro-innleachdail

**Na choilean sinn**

Aig deireadh na h-ùine aithris, chaidh 10 de na 19 amasan a choileanadh leis na 6 amasan a' tha a' dol a-steach gu 2024/25 fhathast a rèir targaid. Bha trì de na h-amasan air dheireadh air an targaid air 31 Màrt 2024 ach chaidh an toirt a-steach do dh'amasan sa **Phlana Obrachaidh Chorporra airson 2024/25** agus thèid aithris air adhartas anns na h-ùrachaidhean ràitheil.

☑ Amas air a choileanadh ☑ Amas air targaid ☑ Amas air a choileanadh gu ìre

## Lìbhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan custamair agus feumalachdan ionadail a choileanadh

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

☑ Rinn sinn eacarsaich gus comharrachadh dè na prìomh sheirbheisean a tha air an toirt seachad anns gach fear de na puirt-adhair againn. Rinn sinn ath-sgrùdadh air uairean-fosglaidh nam port-adhair againn agus dh'fhoillsich sinn seo air làrach-lìn nam port-adhair. Nì sinn lèirmheas a bharrachd air uairean fosglaidh an uair is gu bheil pròiseact ath-sgrùdaidh nan rostairean crìochnaichte. Leanaidh an obair gus modailean obrachaidh ùraichte obrachadh a-mach ann an 2024/25.

☑ Rinn sinn ath-sgrùdadh air na cosgaisean gnìomhachais is obrachaidh againn gus lùghdachaidhean cosgais a dh'fhaodadh a bhith ann a chomharrachadh, gus cur ri teachd-a-steach coimeirsealta agus gus obrachadh ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas. Bha seo a' gabhail a-steach molaidhean agus beachdan bho cho-obraichean air mar a ghabhadh na prìomhachasan seo a chur an gnìomh. Ro 31 Màrt 2024, bha an teachd-a-steach againn £2.3m air thoiseach air na bhathar an dùil agus, còmhla ri cosgaisean obrachaidh na b' ìsle na bha dùil, lìbhrig sinn toradh aig deireadh na bliadhna a bha mu £3.6m na b' ìsle na an tairgse tabhartais bliadhnail a bha ri fhaighinn dhuinn. Tha seo a' gabhail a-steach cosgais na tairgse pàighidh againn airson 2023/24 a bha na b' àirde na bhathar an dùil an toiseach. Leanaidh am fòcas air a bhith a' cruthachadh teachd-a-steach coimeirsealta, a' lùghdachadh chosgaisean, agus a' cur ri èifeachdas tro 2024/25 agus nas fhaide air adhart mar phàirt den obair àbhaisteach againn.

☑ Rinn sinn lèirmheas air an t-Siostam Riaghlaidh Sàbhailteachd (*Safety Management System* – SMS) againn agus rinn sinn eacarsaich gus an dàta fìor-ama taobh a-staigh an t-Siostaim a dhearbhadh. Rinn sinn ath-sgrùdadh slàn air an leabhar-làimhe SMS. Chaidh an leabhar-iùil ùraichte fhoillseachadh san t-Samhain 2023 às dèidh aonta bho Ùghdarras an Itealaich Chatharra.

☑ Chuir sinn crìoch air Structar agus Mandat Pròiseict Seirbheis Trafaig Adhair ath-sgrùdaichte a chaidh aontachadh sa Mhàrt 2024 gus an gabhadh plana pròiseict agus pasganan obrach co-cheangailte a thòiseachadh. Bidh cur an gnìomh structar ùraichte an luchd-obrach na amas sa Phlana Obrachaidh Chorporra againn airson 2024/25.

# Aithisg Ro-innleachdail

## Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir nan stòrasan a tha rim faighinn

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- Dh'ullaich sinn dreach sgrìobhainnean gus taic a thoirt dhan phròiseas tairgse airson seirbheisean riaghlaidh ghoireasan ùra, a' gabhail a-steach Stiùireadh Seilbh, Riaghladh Ghoireasan agus Meacanaigeach is Dealanach (làraichean mòra). Thathas an dùil gun tèid tairgsean a chur a-mach rè Ràithe 3 ann an 2024/25. Thèid na gnìomhan seo a chur ris a' Phlana Gnìomh againn airson 2024/2025 mar amas.
- Dh'ullaich sinn ro-innleachd stiùireadh so-mhaoinean a chaidh a chuairteachadh airson ath-sgrùdadh air an taobh a-staigh mus tèid a chur a-steach airson aonta dheireannach. Tha obair a' dol air adhart air a bhith a' cruthachadh plana stiùireadh so-mhaoinean agus thèid an t-amas seo a thoirt air adhart ann am Plana Obrachaidh Corporra 2024/2025.
- Chruthaich sinn plana ùrachaidh teicneòlais làn-amalaichte a tha a' togail air prògram an teicneòlais tapaidh againn. Rinn sinn clàr-seilbhe de dh'antennae agus mothaichearan Eadar-lìon nan Nithean air feadh nan 11 port-adhair uile. Rinneadh anailis de gach uidheam agus chaidh seo a chlàradh san t-Siostam Riaghlaidh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh an adhbhair, agus a' faicinn a bheil adhbhar ann airson gach uidheam a chleachdadh gus sàbhalaidhean fhaighinn, gus cunnart a lùghdachadh agus/no gus cur ri sàbhailteachd.

## Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- Rinn sinn lèirmheas air na dòighean làithreach againn gus cosgaisean fhaighinn air ais agus chuir sinn structar teachd-a-steach ath-sgrùdaichte an gnìomh. Tha sinn air dòigh-obrach sreathach a thoirt a-steach a thaobh puirt-adhair gus structar prìsean sùbailte a thoirt seachad a rèir sreath.
- Rinn sinn làn ath-sgrùdadh air Cùmhnantan Cleachdaidh (CoU) agus air cosgaisean puirt-adhair aig HIAL agus DAL. Chaidh na sgrìobhainnean CoU agus Cìsean is Cosgaisean fhoillseachadh air làraich-lìn HIAL agus nam port-adhair air 1 Gearran 2024.
- Rannsaich cothroman coimeirsealta, an dà chuid cothroman co-cheangailte ri soithichean adhair, agus cothroman eile, gus taic a chumail ris an eadar-ghluasad gu cothromachadh carboin. Tha sinn air com-pàirtiche lùths ath-nuadhachail a chomharrachadh agus air molaidhean a chur ri chèile airson puirt-adhair fa leth airson iarrtasan lùths ath-nuadhachail iomchaidh. Bidh seo na amas sa Phlana Obrachaidh Chorporra againn airson 2024/25.

# Aithisg Ro-innleachdail

## Lùghdaich a' bhuaidh àrainneachdail againn

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- ✓ Rinn sinn aithisg sgrùdaidh lùths mar phàirt den Phròiseact Mapa-rathaid Lùths againn. Fiosraichidh seo na h-ath cheumannan agus ullachadh a' phlana Eadar-ghluasad Lùths Ath-nuadhachail agus leanaidh e air adhart mar amas sa Phlana Obrachaidh Corporra airson 2024/25.
- ✓ Chaidh Measaidhean Cunnart Atharrachadh Gnàth-shìde a choileanadh airson a h-uile port-adhair agus chomharraich Aithisg Geàrr-chunntais cunnartan gnàth-shìde san àm ri teachd. Thèid na cunnartan a riaghladh agus a phrìomhachadh a rèir pròiseas stiùireadh nan cunnartan againn.
- ✓ Chruthaich sinn prògram air taobh an adhair gus eimiseanan carboin aig na puirt-adhair againn uile a lùghdachadh gus uidheamachd beag-carboin no gun charbon a chomharrachadh airson a dhol an àite uidheamachd làimhseachaidh a bha a' ruith air lùths nach eil ath-nuadhachail. Chaidh clàr a sgrìobhadh airson a bhith a' faighinn uidheam ùr an àite a h-uile carbad is uidheam aig gach port-adhair, a dh'fhiosraicheas a' chùis gnìomhachais airson a bhith a' cur uidheam ùr nan àite nuair a bhios sin iomchaidh, a rèir a' bhuidseit a bhios ri fhaighinn.

## Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a lìbhrigeadh

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- ✓ Dh'ùraich sinn cùis gnìomhachais 2020 airson an ath-sgrùdadh pàighidh is rangachaidh. Cha deach seo a chrìochnachadh taobh a-staigh na h-ùine aithris agus chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air le Comataidh Dhaoine Bòrd HIAL sa Ghiblean 2024. Bidh seo na amas sa Phlana Obrachaidh Chorporra againn airson 2024/25.
- ✓ Rinn sinn measadh gus prionnsapalan coitcheann obrachadh a-mach airson clàran-obrach èifeachdach dhan bhuidhinn a tha a rèir riaghailtean ùine-obrach.
- ✓ Chruthaich sinn an Ro-innleachd Co-ionannachd, Iomadachd agus Ion-ghabhail agus chruthaich sinn plana gnìomh gus cultar a chur air adhart san àite-obrach far a bheil luach ga chur ann an co-ionannachd agus spèis agus far a bheil seo follaiseach dhan a h-uile co-obraiche air feadh buidheann HIAL.

## Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- ✓ Chruthaich sinn Poileasaidh Com-pàirteachaidh leudaichte agus stiùireadh co-cheangailte gus dèanamh cinnteach gum bi frèam-obrach conaltraidh agus planaichean èifeachdach an gnìomh aig ìre bùird, corporra agus ionadail.
- ✓ Chruthaich sinn sgrìobhainn Cumhachan Iomraidh (ToR) airson Fòram Coimhearsnachd Puirt-adhair gus an urrainn do choimhearsnachdan ionadail, luchd-ùidh agus pàrtaidhean le ùidh fiosrachadh agus beachdan a thoirt seachad. Chaidh a' chiad choinneamh aig Fòram Coimhearsnachd Port-adhair Kirkwall a chumail sa Mhàrt 2024. Bidh an sgrìobhainn ToR na bhunait airson a bhith a' cruthachadh fhòraman conaltraidh coimhearsnachd aig puirt-adhair Cheann Loch Chille Chiarain, Dhùn Dè, Ìle agus Thiriodh. Bidh seo na amas sa Phlana Gnìomh Chorporra againn airson 2024/25.
- ✓ Cho-thaobhaich sinn suirbhidhean do luchd-siubhail le gluasad lùghdaichte ri riatanasan CAA. Tha na suirbhidhean PRM a-nis beò airson an dà phuirt-adhair far an robh iad a dhith, Inbhir Nis agus Sumburgh. Tha an suirbhidh PRM ri fhaighinn do na puirt-adhair eile uile agus gabhaidh a chur an sàs far a bheil sin a dhìth. Bidh an ath cheum airson suirbhidhean luchd-siubhail air a ghabhail a-steach mar amas ann am Plana Obrachaidh Corporra 2024/25.

# Aithisg Ro-innleachdail

### A' tasgadh anns na puirt-adhair againn

Tron bhliadhna, chùm sinn oirnn a' cumail suas agus a' tasgadh anns na puirt-adhair againn, agus chuir sinn còrr is £12m an seilbh nar puirt-adhair agus nar prìomh oifis ann am prìomh phròiseactan calpa. Tha cuid de na h-obraichean a tha crìochnaichte no a tha fhathast a' dol air adhart air an liostadh gu h-ìosal:

- **Port-adhair Bharraigh** – leudachadh air togalach cinn-ùidhe a' phuirt-adhair, ùrachadh air cabhlach nan carbadan agus pannalan teine didseatach.
- **Port-adhair Bheinn na Faoghla** – teasachadh agus fionnarachadh san togalach cinn-uidhe, àiteachan sgrùdaidh tèarainteachd den ath ghinealach agus sganairean bodhaig.
- **Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain** – uachdar ùr air an t-slighe dhan togalach cinn-uidhe, pannalan teine didseatach agus ùrachadh cabhlach nan carbadan.
- **Port-adhair Dhùn Dè** – ath-nuadhachadh feansaichean tèarainteachd, uachdar ùr air an t-slighe tagsaidheach agus ùrachadh siostam laighe le ionnstramaidean.
- **Port-adhair Inbhir Nis** – pròiseact solais talmhainn puirt-adhair, leasachadh raon-smàlaidh, drèanadh uisge uachdar agus ath-leasachadh cabhsairean.
- **Port-adhair Ìle** – Uachdar ùr air raointean-laighe 13/31 agus 08/26, uidheamachd teine agus cabhlach charbadan ùra.
- **Port-adhair Kirkwall** – pròiseact solais talmhainn port-adhair, uachdar ùr air an raon-laighe agus pròiseact leudachaidh aparain agus ùrachadh taic seòlaidh DVOR.
- **Port-adhair Steòrnabhaigh** – chaidh crìoch a chur air pròiseact bleith cladaich, solais faisg air Raon-laighe 18, pannalan teine didseatach agus sganairean bodhaig.
- **Port-adhair Sumburgh** – ath-nuadhachadh x-ray bathair, ùrachadh siostam teasachaidh an togalach cinn-uidhe, pannalan teine didseatach agus àiteachan sgrùdaidh tèarainteachd.
- **Port-adhair Thiriodh** – solais LED so-ghiùlain, pannalan teine didseatach, uidheamachd eòlas-sìde agus uidheamachd bùth-obrach.
- **Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt** – measaidhean drèanaidh, ùrachadh air cabhlach nan carbadan, pannalan teine didseatach agus puingean sgrùdaidh tèarainteachd.


Port-adhair Bharraigh


Obair ath-nuadhachaidh an raoin-laighe, Ìle

# Aithisg Ro-innleachdail

## Sgioba HIAL

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra riutha dèanamh cinnteach gun ruith sinn lìonra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-ìrean proifeiseanta as àirde.

B' e fear de na prìomh raointean fòcas dhaoine againn ann an 2023/24 a bhith a' cruthachadh Ro-innleachd Co-ionannachd, Iomadachd agus Ion-ghabhail. Chaidh an Ro-innleachd fhoillseachadh sa Chèitean 2023 agus tha i a' dol còmhla ri sreath de phoileasaidhean agus modhan-obrach a tha taiceil do luchd-obrach. Tha e a' gabhail a-steach ceithir colbhan gus taic agus lìbhrigeadh a thoirt seachad do na h-ìrean as àirde a tha comasach ann an riaghladh dhaoine agus seirbheis chustamairean.

Is iad sin na colbhan a bhith a' tàladh agus a' taghadh sgioba-obrach eadar-mheasgte; a bhith nar fastaiche dha bheil daoine airson a bhith ag obair; a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh eòlasan aig an luchd-siubhail againn uile; agus a' com-pàirteachadh le daoine bho bhuidhnean dìonte gus piseach a thoirt air ar seirbheisean.

Bha e na phrìomh amas tron bhliadhna a bhith a' toirt seachad deagh chothroman trèanaidh is leasachaidh do cho-obraichean. Leasaich sinn ar portal ionnsachaidh is leasachaidh air-loidhne gus cothrom furasta a thoirt do dhaoine fa leth air na h-amasan ionnsachaidh agus na coileanaidhean aca tro dheas-bhòrd trèanaidh pearsanaichte.



Port-adhair Sumburgh

Tha leasachadh a' phortal air-loidhne cuideachd a' toirt seachad sealladh do stiùirichean air coileanadh ionnsachaidh, a' gabhail a-steach trèanadh èigneachail. Tha toirt a-steach an t-siostaim ùr air adhartas mòr adhbharachadh anns na h-ìrean crìochnachaidh airson trèanadh èigneachail thar puirt-adhair agus gnìomhan uile na Companaidh. Ro dheireadh a' Mhàirt 2024, b' e an ìre crìochnachaidh thar na Companaidh airson raon de thrèanadh èigneachail 89% – tòrr na b' àirde na an ìre crìochnachaidh de 16% airson nan aon chùrsaichean aig deireadh na bliadhna ionmhais 2022/23.

Tha preantasachdan ann an HIAL air a dhol bho neart gu neart, le 12 co-obraichean ùra an sàs ann an Nua-phreantasachdan. Mar as trice bheir na preantasachdan seo 12 gu 18 mìosan gus crìochnachadh agus gheibhear teisteanas SVQ ann an Stiùireadh aig Ìre 7 SCQF.

Tha sinn air maoineachadh fhaighinn airson Nuadh-phreantasachdan airson 2024/25 agus tha sinn a' sanasachadh airson buidheann eile de phreantasan gus an teisteanas seo a dhèanamh.

Tha Preantasan Ceumnachaidh againn cuideachd a' leantainn orra leis a' phrògram preantasachd aca le aon cho-obraiche ann am bliadhna 1, dithis ann am bliadhna 2, dithis ann am bliadhna 3 agus aonan ann am bliadhna 4.

Lean am prògram trèanaidh, a chaidh a stèidheachadh gus sgilean is cumhachd a thoirt do cho-obraichean aig ìre ionadail gus conaltradh agus com-pàirteachadh èifeachdach a dhèanamh às leth HIAL. Ghabh ochd àrd-mhanaidsearan agus buill de sgiobaidhean riaghlaidh ionadail an cothrom na sgilean conaltraidh is com-pàirteachaidh aca a thoirt air adhart le bhith a' dèanamh cùrsa conaltraidh agus com-pàirteachaidh trì latha ann an 2024. Fhuaireadh deagh fhios air ais bho na manaidsearan uile a bha an làthair.

Tha HIAL fhathast na:

- Fastaiche a tha Misneachail a thaobh Ciorraman
- Fastaiche a tha Barantaichte a thaobh Tuarastal Bith-beò
- Fastaiche a tha Taiceil do Luchd-cùraim

disability confident COMMITTED | We are a Living Wage Employer | CARER POSITIVE Employer in Scotland ENGAGED

# Aithisg Ro-innleachdail

### HIAL sa choimhearsnachd

Bidh na 11 puirt-adhair uile aig HIAL a' cumail taic ri ceangailteachd adhair deatamach do na coimhearsnachdan ionadail agus tha iad nam port-adhair coimhearsnachd gu ìre mhòr. Bidh na sgiobaidhean thar raon-obrachaidh HIAL a' dol an sàs ann an diofar dhòighean gus taic a thoirt do thachartasan san sgìre aca.

Tha sinn airson daoine ionadail a bhrosnachadh gus tighinn a dh'obair aig HIAL agus dreuchd a bhith aca aig gin de na puirt-adhair no sna prìomh oifisean againn. San t-Samhain 2023, chaidh co-obraichean gu co-labhairt dhreuchdan aig Sgoil Choimhearsnachd Bhàgh a' Chaisteil gus cothroman dreuchdail aig port-adhair Bharraigh a thaisbeanadh. Bha na sgoilearan a bha an làthair aig a' cho-labhairt gu mòr airson faighinn a-mach mu dhreuchdan aig a' phort-adhair. B' e a bhith a' feuchainn cothrom an t-inneal-smàlaidh a chleachdadh fear de na rudan a b' fheàrr a chòrd ris na sgoilearan air an latha.

Chuir Port-adhair Inbhir Nis fàilte air sgoilearan ÀS3 bho Àrd-sgoil Ghleann Urchadain ann an Druim na Drochaid mar phàirt den iomairt 'Seachdain Obrach' aca le fòcas air sgilean agus dreuchdan. Chuir na sgoilearan seachad ùine còmhla ri luchd-obrach agus fhuair iad a-mach cho làidir 's a bha tèarainteachd a' phuirt-adhair do luchd-siubhail agus do bhagannan – rud a bha 'na fhìor fhosgladh sùla'. Bha an latha loma-làn de rudan a chòrd gu mòr leis na sgoilearan, gu sònraichte simulator mu bhith a' smàladh teine agus a bhith ag ionnsachadh mun obair ro-chudromach a nì ar co-obraichean ann an smachd trafaig adhair.

A bharrachd air a bhith a' taisbeanadh chothroman dreuchdail air feadh buidheann HIAL, tha sinn a' cur fàilte air buidhnean airson ionnsachadh is leasachadh leantainneach nuair as urrainnear.

Bidh na sgiobaidhean againn cuideachd a' toirt taic do dh'iomairtean com-pàirteachais ionadail agus, san Fhaoilleach 2024, chuidich an sgioba aig Port-adhair Kirkwall le bhith a' lìbhrigeadh prògram Fireskills deich seachdainean a tha ag amas air sgilean smàlaidh is teasairginn a thoirt do dhaoine òga.

Is e cothrom ionnsachaidh gun samhail a th' ann am Fireskills a thogas prìomh sgilean cosnaidh leithid ceannardas agus togail sgioba còmhla ri sgilean nas practaigiche leithid ciad-chobhair agus cleachdadh sàbhailte is iomchaidh de dh'uidheamachd a' gabhail a-steach uidheamachd dìon pearsanta (PPE) agus uidheamachd analachaidh.

Chaidh am prògram a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba agus Seirbheis Ionnsachadh Coimhearsnachd, Leasachaidh agus Cosnaidh (CDLE) aig Comhairle Arcaibh.

Thug an sgioba aig Port-adhair Kirkwall seachad sgilean practaigeach air eacarsaichean agus cleachdaidhean agus trèanadh teine teth. Fhuair na h-oileanaich òga cuideachd turas den stèisein smàlaidh gus faicinn dè cho eadar-dhealaichte 's a tha an uidheamachd smàlaidh agus na carbadan obrachaidh aig port-adhair.



Port-adhair Bharraigh aig Fèill Obraichean, Sgoil Coimhearsnachd Bharraigh


Sgoilearan Àrd-sgoile Ghleann Urchadain aig Port-adhair Inbhir Nis


Trèanadh Fireskills

# Aithisg Ro-innleachdail


Cairt bho Bhun-sgoil Dhruim Lèamal

Chuir co-obraichean aig Port-adhair Dhùn Dè fàilte air a' bhuidheann ionadail Bìobhairean bho 22mh Buidheann Scout Dhùn Dè airson turas fiosrachaidh sa Ghiblean 2023. Chòrd an turas dhan phort-adhair gu mòr ris a' chloinn, a bha eadar còig is ochd bliadhna a dh'aois, agus bha deagh spòrs aca aig an stèisean-smàlaidh a' faicinn thaisbeanaidhean leis na pìoban-uisge.

Tha na puirt-adhair againn a' cur fàilte air sgoilearan de gach aois, agus san Dàmhair 2024, thug an sgioba aig Ceann Loch Chille Chiarain aoigheachd do chloinn BS1 – BS4 bho Bhun-sgoil Dhruim Lèamal. Bha e coltach gur e na taisbeanaidhean beò de dh'uidheamachd agus innealan smàlaidh an rud a b' fheàrr a chòrd ris a' mhòr-chuid, leis a' chloinn a' faighinn cothrom na solais deàlrach fhaicinn, agus dùdach nan innealan a chluinntinn faisg orra. Bha na sgoilearan air an dòigh glan leis an turas aca agus chuir iad cairt taing àlainn thugainn gus sealltainn cho mòr 's a chòrd e riutha.

Bidh neach-smàlaidh Phort-adhair Kirkwall Mark Rendall a' tadhal air na bun-sgoiltean ionadail gach bliadhna na ùine fhèin, a' toirt trèanadh ciad-chobhair do na sgoilearan. Thadhal e air Bun-sgoil Firth agus Bun-sgoile Evie ann an Arcaibh anns a' Ghearran agus anns a' Mhàrt 2024.

Ghabh Mark an cothrom inneal defibrillator trèanaidh Port-adhair Kirkwall a chleachdadh gus taisbeanadh a thoirt do sgoilearan a bharrachd air a bhith a' toirt seachad trèanadh practaigeach, a thug cothrom do gach sgoilear a bhith a' cleachdadh na bha iad air ionnsachadh. A bharrachd air an trèanadh defibrillator, thathar a' teagasg ciad-chobhair bunaiteach agus CPR dhan chloinn.


Trèanadh Ciad-fhuasgladh ann an Kirkwall

# Aithisg Ro-innleachdail



Iomairt ‘Dràibh air an taobh chlì’ aig Riaghaltas na h-Alba

A bharrachd air a bhith a’ toirt taic do dh’iomairtean ionadail, bidh sgiobaidhean bho air feadh puirt-adhair HIAL ag obair le buidhnean com-pàirteachais gus iomairtean nàiseanta a bhrosnachadh. As t-samhradh 2023, thug a h-uile port-adhair taic do dh’iomairt sàbhailteachd ‘Dràibh air an taobh Chlì’ aig Riaghaltas na h-Alba.

A bharrachd air a bhith a’ brosnachadh luchd-tadhail bho thall thairis a bhith a’ dràibheadh air taobh clì ar rathaidean, cho-roinn na sgiobaidhean againn fiosrachadh feumail mu rathaidean na h-Alba agus comhairle mu bhith a’ dràibheadh air rathaidean singilte fada, mu àiteachan seachnaidh, a’ dèiligeadh ri cearcallan-rathaid agus a’ dèiligeadh ris an aimsir chaochlaideach againn. Chuidich sinn le bhith a’ sgaoileadh bannan-dùirn ann an iomadh cànan, stiogairean uinneig agus bileagan thar nam port-adhair agus bothain màil chàraichean aig na puirt-adhair. Cho-roinn a’ chompanaidh-adhair com-pàirteach againn Loganair an teachdaireachd mu shàbhailteachd tro na sgrìonaichean fiosrachaidh eadar-obrachail aca do luchd-siubhail cuideachd.

## A’ DOL NAS FHAIDE ANN AM BARRAIGH

Bha obair-sgioba air leth cudromach le teachdaireachd chudromach a chaidh a sgrìobhadh sa ghainmhich aig Port-adhair Bharraigh san Lùnastal 2023.

B’ e raon-laighe ainmeil na tràghad an t-àite a thagh Stephen McCann gus faighneachd de a leannan, Bridget Byrne, am pòsadh i e, agus thuirt i gum pòsadh.

Dh’obraich sgioba a’ phuirt-adhair gu dlùth ri Loganair agus chuidich iad le bhith ag itealaich thairis air an tràigh gus am faiceadh Bridget an teachdaireachd gu soilleir a chaidh a chur air dòigh sa ghainmhich gu sònraichte dhi.










# Aithisg Ro-innleachdail



© Alan McGee Photography
Latha a' Chala aig RNLI, Inbhir Ùige

Ghabh co-oibrichean bho Phort-adhair Inbhir Ùige Iain Ghròt pàirt ann an Latha Cala Institiud Nàiseanta nam Bàtaichean Teasairginn, Inbhir Ùige (RNLI) san Ògmhios 2023.

Bha an sgioba ann còmhla ri riochdairean ionadail eile a' gabhail a-steach Poileas Cumhachd Niùclasach Catharra, Poileas Alba, Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Seirbheis Ambaileans na h-Alba agus Maoir-chladaich an Rìgh.

Thàinig cha mhòr 2,000 daoine dhan tachartas agus bha e fìor shoirbheachail dhan charthannas.

## AN TACHARTAS RUITH AN RAON-LAIGHE MU DHEIREADH

Chuidich an sgioba aig Port-adhair Inbhir Nis an tachartas Ruith an Raon-laighe mu dheireadh aig Maggie's na Gàidhealtachd aig meadhan-oidhche Disathairne 26 Lùnastal 2023. Ruith còrr is 300 daoine sìos an raon-laighe gus taic a chumail ris a' charthannas agus aig a' cheann thall thog iad faisg air £93,500!








# Aithisg Ro-innleachdail





















Bidh na sgiobaidhean againn a' toirt taic do bhuidhnean carthannais fad na bliadhna agus a' dèanamh nas urrainn dhaibh gus taic a thoirt do dh'iomairtean nàiseanta is ionadail. Seo cruinneachadh de dhealbhan de na sgiobaidhean againn ann an Sumburgh, Barraigh, Steòrnabhagh, san Àrd-Oifis, Beinn na Faoghla agus Kirkwall san Dùbhlachd 2023.

Chaidh Port-adhair ruith tractar a chumail aig Port-adhair Thiriodh mar thaic do dhà charthannas – Comataidh Pàrtaidhean Thiriodh agus Carthannas Ambaileans-adhair na h-Alba. Ghabh 65 carbad pàirt ann uile gu lèir agus thog iad £2,000 gu h-iomlan agus fhuair gach carthannas £1,000.



Ruith nan Tractaran aig Port-adhair Thiriodh

# Aithisg Ro-innleachdail

**Achd nan Aonaidhean Ciùird 2016:**

**Aithris air Ùine airson Dleastanasan Aonaidhean-ciùird bho 1 Giblean 2023 gu 31 Màrt 2024**

Fo Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Riatanasan a thaobh Ùine airson Dleastanasan nan Aonaidhean-ciùird) 2017, feumaidh fastaichean san roinn phoblaich fiosrachadh fhoillseachadh a thaobh ùine airson dleastanasan aonaidhean-ciùird.

Tha HIAL ag aithneachadh trì aonaidhean ciùird: Prospect, Public and Commercial Services Union (PCS) agus Unite.

Tha aonta a thaobh ùine airson dleastanasan aonaidhean-ciùird ann gus am bi na leanas aig riochdairean aonaidh:

- goireasan gus an urrainn dhaibh conaltradh le buill agus deagh dhàimhean le luchd-obrach a bhrosnachadh
- ùine reusanta dheth rè uairean obrach gus dleastanasan aonaidh a dhèanamh, a ghabhail a-steach a bhith a' riochdachadh luchd-obrach, a' frithealadh choinneamhan co-chomhairleachaidh agus a' dèanamh sgrùdaidhean slàinte is sàbhailteachd
- àm reusanta dheth rè uairean obrach gus trèanadh a dhèanamh a tha ceangailte ri bhith a' toirt seachad dhleastanasan mar riochdaire aonaidh.



Port-adhair Steòrnabhaigh

Tha eadar-obrachadh na Companaidh leis na h-aonaidhean ciùird gu ìre mhòr air a dhèanamh leis na h-Oifigearan Co-rèiteachaidh làn-ùine bho gach fear de na h-aonaidhean ciùird. Bidh oifigearan làn-ùine a' frithealadh Comataidh Co-rèiteachadh agus Co-chomhairleachaidh (*Joint Negotiation and Consultative Committee* – JNCC) na Companaidh agus, mar as trice, bidh iad a' riochdachadh luchd-obrach fa leth ann an coinneamhan mu chùisean luchd-obrach.

Bidh riochdairean aonaidhean ciùird ionadail a' frithealadh an JNCC. A bharrachd air seo, tha ullachaidhean agus Coinneamhan sònraichte leis an aonadh ciùird iomchaidh airson pròiseactan agus prògraman obrach cudromach. Tha rèiteachaidhean eadar-aghaidh aig gach port-adhair anns am bi na riochdairean ionadail a' gabhail pàirt.

| Riochdairean Aonaidhean Ciùird | 2023/24 |
|---|---|
| Prospect | 15 |
| PCS | 1 |
| Unite | 8 |

Chan eil oifigearan aonaidhean ciùird làn-thìde aig HIAL. Bidh gach fear/tè de na 24 riochdairean a' cur seachad nas lugha na 10% den ùine obrach aca air dleastanasan nan aonaidhean-ciùird.

Thar na bliadhna a dh'fhalbh bha lùghdachadh sa Chompanaidh an dà chuid ann an riochdachadh Prospect agus Unite ach tha conaltradh math agus cuideachail ann fhathast leis na trì aonaidhean ciùird aithnichte aig HIAL. Tha conaltradh fosgailte agus cuideachail fhathast againn le Oifigear Co-rèiteachaidh làn-ùine Prospect a tha a' gabhail a-steach co-rèiteachadh air pàigheadh.

Tha conaltradh a' leantainn le oifigearan tron JNCC againn agus leis a' Bhuidhinn Stiùiridh Poileasaidh a tha a' toirt barrachd ùine dhuinn airson beachdachadh air leasachadh phoileasaidhean dhaoine HIAL agus bithear a' brosnachadh agus a' cur fàilte air com-pàirt leantainneach nan aonaidhean ciùird ann am pròiseactan HIAL, mar eisimpleir ann am pròiseact nan Rostairean, san àm ri teachd.

# Aithisg Ro-innleachdail

### Aithris Nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon
**(*Streamlined Energy and Carbon Reporting* – SECR)**

#### Riatanasan Aithris SECR

Tha Riaghailtean Aithris nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon (SECR) na fhrèam aithris a chaidh an àite sgeama èifeachdas lùths CRC. Chaidh an riaghailt a chur an gnìomh air 1 Giblean 2019 agus tha e a' gabhail a-steach bliadhnaichean aithris ionmhasail a thòisich air no às dèidh a' chinn-latha seo. Feumaidh companaidhean a tha a' tighinn fo sgèith an reachdais am fiosrachadh lùths is gasaichean taigh-ghlainn a chur ann an Aithisg nan Stiùirichean aca mar phàirt de na dleastanasan aithris bliadhnail aca. Airson Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta (HIAL), seo 1 Giblean 2023 gu 31 Màrt 2024.

Tha an riaghailt an sàs airson companaidhean mòra a tha a' coileanadh dà de na riatanasan a leanas:

- Còrr is 250 luchd-cosnaidh
- Teachd a-steach de chòrr is £36 millean
- Duilleag Cothromachaidh le iomlan de chòrr is £18 millean

A chionn 's gu bheil HIAL na chompanaidh mòr neo-liostaichte, feumar na rudan a leanas a chur ann aig a' char as lugha:

- Cleachdadh cumhachd san RA (aig a' char as lugha a' gabhail a-steach gas, dealan, agus connadh còmhdhail far a bheil uallach air HIAL an connadh a cheannach).
- Eimiseanan gasaichean taigh-ghlainne co-cheangailte ri cleachdadh lùths san RA.
- Na figearan airson na bliadhna roimhe airson cleachdadh lùths agus eimiseanan GHG (ach a-mhàin sa chiad bhliadhna)
- Co-dhiù aon cho-mheas dèine (m.e. eimiseanan a rèir àireamhan luchd-obrach FTE no a rèir gach £,000 den tionndadh airgid).
- Fiosrachadh mu ghnìomhan a thaobh èifeachdas lùths a chaidh a ghabhail ann am bliadhna ionmhais na buidhne
- An dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh gus na foillsichidhean seo obrachadh a-mach.

Tha HIAL air a bhith ag aithris air na h-eimiseanan againn a rèir riaghailtean aithris riatanach na RA air gasaichean an taigh ghlainne bho bhliadhna ionmhais 2018/19. Tha na h-eimiseanan air a bheilear ag aithris a' gabhail a-steach eimiseanan bhon a h-uile port-adhair a tha aig HIAL no a tha e a' ruith. 'S iad sin: Port-adhair Bharraigh, Port-adhair Bheinn na Faoghla, Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain, Port-adhair Dhùn Dè, Port-adhair Ìle, Port-adhair Inbhir Nis, Àrd-oifis Inbhir Nis, Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt, Port-adhair Kirkwall, Port-adhair Steòrnabhaigh, Port Adhair Sumburgh agus Port-adhair Thiriodh. Bidh eimiseanan air an co-dhaingneachadh agus air an cur còmhla aig ìre na buidhne a rèir na h-aithris ionmhasail againn.

#### Aithris Èigneachail

Tha Clàr 1 a' mìneachadh pròifil nan sgaoilidhean airson na bliadhna ionmhais 2023/24 fo dhà dhiofar mhodh-obrach – sgaoilidhean stèidhichte air àite agus sgaoilidhean stèidhichte air a' mhargaidh.

Tha modh-obrach stèidhichte air àite a' nochdadh dèinead eimiseanan cuibheasach nan cliathan air am bi caitheamh lùtha a' tachairt. Tha eimiseanan stèidhichte air a' mhargaidh a' nochdadh eimiseanan bho dhealain a tha HIAL air ròghnachadh a cheannach airson adhbharan àrainneachdail. Airson bliadhna ionmhais 2023/24, chaidh an dealan uile a cheannach fo chùmhnant gun eimiseanan stèidhichte air Barantasan Tùs Lùths Ath-nuadhachail (REGO). Mar sin, thathar ag aithris air eimiseanan dealain stèidhichte air a' mhargadh mar dhealan gun eimiseanan.



# Aithisg Ro-innleachdail

**Clàr 1 Pròifil Eimiseanan HIAL** Aithris eimiseanan èigneachail airson bliadhna ionmhais 2023/24 (a bharrachd air bliadhna coimeas 2022/23)

| | | Stèidhichte air àite | | Stèidhichte air margadh | |
|---|---|---|---|---|---|
| | **Aonad** | **22/23** | **23/24** | **22/23** | **23/24** |
| Caitheamh cumhachd a chaidh a chleachdadh gus eimiseanan a thomhas | **kWh** | 17,028,565 | 18,548,222 | 17,028,565 | 18,548,222 |
| Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh gas nàdarra airson connadh teasachaidh is connadh còmhdhail (Sgòp 1) | **tCO2e** | 1,992 | 2,184 | 1,992 | 2,184 |
| Sgaoilidhean bho dhealan a chaidh a cheannach (Sgòp 2) | **tCO2e** | 1,670 | 1,805 | - | - |
| Eimiseanan bho shiubhal gnìomhachais ann an càraichean air màl (cairtean connaidh) no carbadan le luchd-obrach (mìltean air a phàigheadh air ais) far a bheil uallach air a' chompanaidh an connadh a cheannach (Sgòp 3) | **tCO2e** | 5 | 1 | 5 | 1 |
| **CO2e coimeasach iomlan stèidhichte air na figearan gu h-àrd** | **tCO2e** | **3,667** | **3,990** | **1,997** | **2,185** |
| **Co-meas dian coimeasach: kgCO2e / àireamh luchd-siubhail iomlan** | **kgCO2e/PAX** | **2.57** | **2.70** | **1.40** | **1.48** |

### Anailis air pròifil nan eimiseanan

Airson 2023/24, tha eimiseanan fo aithris èigneachail air a dhol suas timcheall air 9%. Tha seo gu ìre mhòr mar thoradh air barrachd caitheamh dealain agus cleachdadh connaidh, agus caitheamh gas nàdarrach aig làrach a bharrachd a tha air a ghabhail a-steach ann an dàta na bliadhna seo airson a' chiad uair. Tha gnìomhachd puirt-adhair fhathast ag àrdachadh às dèidh Covid-19. Tha àireamhan luchd-siubhail air a dhol suas 3.5% an coimeas ris a' bhliadhna aithris roimhe, agus chaidh luchd-obrach a bharrachd fhastadh agus mar sin, chaidh barrachd connaidh a chleachdadh airson trèanadh smàlaidh agus gnìomhan eile.

### Nòtaichean airson clàr 1:

1. Bidh eimiseanan bho dhealain stèidhichte air àite a' cleachdadh factar eimiseanan clèithe ionadail.
2. Thathar ag aithris gu bheil dealan stèidhichte air a' mhargaidh gun eimiseanan gus a bhith a' sealltainn gu bheil na cheannaich sinn a' faighinn 100% taic REGO airson 2023/24.
3. Tha clàraidhean eimiseanan an dà chuid 'Stèidhichte air Àite' agus 'Stèidhichte air a' Mhargaidh' a' gabhail a-steach gnìomhachd san RA agus aig far a' chosta.
4. Tha co-mheas dèin coimeasach air a thomhas a rèir eimiseanan airson àireamh luchd-siubhail iomlan airson na bliadhna aithris. Bha 1,427,176 luchd-siubhail againn ann an 2022/23 agus 1,476,547 luchd-siubhail ann an 2023/24.
5. Chaidh cuid de na figearan iomlan airson eimiseanan airson 2022/23 atharrachadh bho chaidh an aithisg SECR mu dheireadh fhoillseachadh mar thoradh air mearachdan dàta agus atharrachaidhean air an sgòp. Tha luachan ceart 2022/23 airson na bliadhna coimeis air an aithris ann an Clàr 2.

# Aithisg Ro-innleachdail

### Aithrisean Roghainneil

Tha HIAL a' leantainn air adhart a' cur fòcas air leudachadh air an fharsaingeachd de ghnìomhachd aithris air eimiseanan. Airson an treas bliadhna, tha sinn comasach air aithris a bharrachd air eimiseanan a thoirt seachad a thaobh ghnìomhan Sgòp 3. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Eimiseanan co-cheangailte ri gnìomhachd connaidh is lùths nach eil mar as trice air an gabhail a-steach ann an Sgòp 1 agus 2. Tha seo a' gabhail a-steach call tobair gu tanca (WTT) agus call tar-chur is sgaoilidh (T&D) co-cheangailte ri caitheamh dealain, teas agus connaidh ann an Sgòp 1 agus 2.
- Eimiseanan co-cheangailte ri siubhal gnìomhachais a rinn luchd-obrach HIAL, a' gabhail a-steach siubhal san RA agus gu h-eadar-nàiseanta air rathaidean, trèanaichean, aiseag agus adhair.

### Clàr 2 Pròifil HIAL

Aithris air Eimiseanan Sgòp 3 Roghainneil airson na bliadhna ionmhais 2023/24

| | | Stèidhichte air àite | | Stèidhichte air margadh | |
|---|---|---|---|---|---|
| | **Aonad** | **22/23** | **23/24** | **22/23** | **23/24** |
| Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh connaidhean còmhdhail agus teasachaidh (Sgòp 3 WTT) | **tCO2e** | 470 | 498 | 470 | 498 |
| Eimiseanan bho shiubhal gnìomhachais le bhith a' cleachdadh còmhdhail phoblach (Sgòp 3) | **tCO2e** | 452 | 286 | 452 | 286 |
| Eimiseanan bho dhealain a chaidh a cheannach (Sgòp 3 WTT, T&D, WTT is T&D) | **tCO2e** | 1,589 | 633 | 589 | 633 |
| **Eimiseanan iomlan CO2e sgòp 2** | **tCO2e** | **1,511** | **1,417** | **1,511** | **1,417** |
| **Eimiseanan CO2e iomlan (a' gabhail a-steach CO2e coimeasach mar a th' ann an Clàr 1)** | **tCO2e** | **5,178** | **5,407** | **3,508** | **3,602** |

### Nòtaichean airson clàr 2:

1 Chaidh cuid de na figearan iomlan airson eimiseanan airson 2022/23 atharrachadh bho chaidh an aithisg SECR mu dheireadh fhoillseachadh mar thoradh air mearachdan dàta agus atharrachaidhean air an sgòp. Tha luachan ceart 2022/23 airson na bliadhna coimeis air an aithris ann an Clàr 2.

# Aithisg Ro-innleachdail

### Gnìomhan a thaobh èifeachdas lùths

Ged a tha eimiseanan bho chleachdadh lùths air a dhol suas gu h-iomlan ann an 2023/24, tha HIAL air leantainn air adhart a' toirt air adhart pròiseactan agus gnìomhan gus èifeachdas lùths làraich puirt-adhair is prìomh oifisean a leasachadh agus eimiseanan carboin a lùghdachadh sa bhliadhna ionmhais 2023/24. Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' tòiseachadh air pròiseactan gus Solais Raon-adhair ùr a chur ann aig Kirkwall agus Dùn Dè, a' gluasad gu siostaman solais nas èifeachdaiche.
- Sgaoileadh leantainneach de charbadan agus uidheamachd taic talmhainn, dealain is tar-chinealach a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh deuchainn air innealan geàrradh-feòir dealanach fèin-ghluasadach.
- A bhith a' cumail Teisteanas Carbon Puirt-adhair (ACA) aig Ìre 1 airson Inbhir Nis.
- Lùghdachadh leantainneach ann an eimiseanan bho thrèanadh teine le bhith a' lùghdachadh tricead trèanaidh agus deuchainnean uidheamachd agus a' gabhail a-steach trèanadh bhiortail.
- Conaltradh èifeachdas lùths leantainneach agus iomairtean gus atharrachadh giùlan a bhrosnachadh.
- A' cur a-steach mothaichearan dùnadh dorais fèin-obrachail air dorsan nan stèiseanan-smàlaidh gus nach tèid teas a chall.

### Modhan-obrach

Chaidh an lorg carboin againn a thomhas le Waterman Infrastructure & Environment Ltd ('Waterman') a' cleachdadh modh-obrach a rèir prionnsapalan Inbhe Pròtacal Gas Taigh-glainne (GHG) airson Cunntasachd Corporra agus Aithris air a chruthachadh le Comhairle Gnìomhachais na Cruinne airson Leasachadh Seasmhach agus le (WBCSD) agus Institiud Goireasan na Cruinne (WRI) .

Tha Inbhe Pròtacal GHG na inbhe a tha air aithneachadh gu cruinneil agus i air aon de na dòighean-obrach a tha air am moladh fo stiùireadh SECR. Tha an lorg coise a' cleachdadh factaran iompachaidh na RA airson na bliadhna aithris is na bliadhna coimeis. Airson cleachdadh lùths far nach robh figearan ann an kWh mar-thà, chaidh an cur gu kWh a' cleachdadh na h-ìre dlùths agus an luach calorific iomlan a chaidh a thoirt bho fhactaran tionndaidh gasaichean taigh-ghlainne aig riaghaltas na RA airson na bliadhna aithris. Airson carbadan a tha leinn, bha seo stèidhichte air na factaran iompachaidh airson dìosail, peatrail, kerosene, propane agus ola gas.

Tha an dàta a chaidh a ghlacadh taobh a-staigh àireamhachadh lorg carboin na bliadhna seo air tighinn sa mhòr-chuid bho fhàirdealan bho sholaraichean lùths. Chaidh eimiseanan carboin bho charbadan le HIAL a thomhas a rèir nan liotairean de chonnadh a chaidh a chaitheamh anns gach carbad leis nach eil mìltean ann mar thomhas iompachaidh. Tha teanantanl aig HIAL cuideachd far a bheil an t-uallach airson lùths a cheannach taobh a-staigh raon-ùghdarrais HIAL, ach far a bheil an lùths ga chaitheamh leis an neach-gabhail agus far a bheil na cosgaisean an uair sin air an cur air an neach-gabhail. Chaidh eimiseanan bho na stòrasan sin a thoirt a-mach às an aithisg seo.

Airson dealan, tha HIAL air aithris a dhèanamh air eimiseanan stèidhichte air a' mhargaidh an cois modh-obrach eimiseanan èigneachail stèidhichte air àite, leis gu bheil seo a' sealltainn mar a cheannaich HIAL dealan le 100% taic REGO sa bhliadhna ionmhais 2023/24. Le fianais gus seo a dhearbhadh, chaidh an dealan uile a chleachd HIAL tro EDF Energy aithris mar dhealan gun eimiseanan (an uiread a chaidh a chleachdadh air iomadachadh le factar eimiseanan de neoni.)

Chaidh eimiseanan airson siubhal gnìomhachais obrachadh a-mach stèidhichte air dàta mu chosgaisean gnìomhachais. Nuair a bhathar a' tomhas eimiseanan bho chonnadh a chaidh a cheannach, far nach robh fios dè seòrsa connadh a bh' ann, chaidh gabhail ris gur e peatrail a bh' ann an 50% den chaitheamh agus dìosail sa 50% eile. A chionn 's nach robh ach dàta agragaidichte ri fhaighinn airson cosgaisean rèile agus aiseig, tha HIAL air comharrachadh gun robh dà-thrian de na turasan air an rathad-iarainn agus trian air aiseag. Chaidh inneal lorg carboin Clàr Lorgan Carbon agus Clàr Pròiseact (*Carbon Footprint and Project Register* – CFPR) ) a chleachdadh gus cosgaisean a dhearbhadh airson gach aonad den astar a chaidh a shiubhal airson nan còig sheòrsaichean de chòmhdhail poblach (adhair, aiseag, rathad-iarainn, bus agus tagsaidh). Mar sin, tha na h-eimiseanan iomlan airson siubhal gnìomhachais taisbeanach a-mhàin ach tha iad a' nochdadh dealas leantainneach HIAL airson aithris a thoirt air eimiseanan siubhal gnìomhachais Sgòp 3.

Tha Waterman air cothroman a chomharrachadh agus a dheasbad le HIAL gus piseach a bharrachd a thoirt air pròiseasan togail dàta sna bliadhnaichean aithris ri teachd, agus tha geàrr-chunntas orra sin san Aithris Gèillidh a tha na chois.

# Aithris Gèillidh

## Tha Waterman air taic a chumail ri HIAL le bhith ag obrachadh a-mach dàta gasaichean taigh-ghlainne agus àrainneachdail airson Aithris SECR. Tha an aithris seo na geàrr-chunntas air toradh a' phròiseas.

### Àm Dearbhaidh

Thathar ag aithris airson eimiseanan airson 1 Giblean 2023 gu 31 Màrt 2024.

### Ìre agus sgòp an dearbhaidh

Rinn Waterman lèirmheas dearbhaidh cuingichte air dàta GHG agus àrainneachdail HIAL airson 2023/24 gus an urrainn do HIAL gèilleadh ri riatanasan agus stiùireadh SECR. Tha an dàta a chaidh a thoirt seachad a' gabhail a-steach dàta aithris riatanach agus beagan dàta roghainneil. Tha an dearbhadh seo airson pròifil nan eimiseanan mar a chaidh a mhìneachadh ann an Clàran 1 agus 2 airson aithisg bhliadhnail Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta.

### Modh-obrach an dearbhaidh

Chaidh an dearbhadh air gasaichean taigh-ghlainne agus dàta àrainneachdail HIAL airson 2023/23 le Waterman a dhèanamh a rèir ISO 14064-3: Sònrachadh 2019 le stiùireadh airson dearbhadh agus daingneachadh aithrisean gas taigh-glainne.

### Beachd Waterman

Stèidhichte air an lèirmheas le Waterman:

1. Tha HIAL air a dheagh ullachadh airson a bhith a' gèilleadh ris an reachdas SECR agus ri riatanasan an sgeama ann an 2023/24.
2. Tha an dàta a thèid a chleachdadh gus an aithisg bhliadhnail SECR a dhèanamh coileanta le cleachdaidhean làimhseachaidh dàta iomchaidh an sàs.
3. Chaidh molaidhean bho aithisg SECR na bliadhna mu dheireadh airson leasachaidhean ann am pròiseasan stiùireadh dàta a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach:
   - Chaidh Dearcnachadh Coileanaidh Àrainneachdail mìosail a thoirt a-steach, le dàta caitheamh uisge, dealain agus connaidh a-nis air a chruinneachadh agus air ath-sgrùdadh gach mìos, gus am faicear nas tràithe ma tha pàirt den dàta eadar-dhealaichte bho chàch agus gus pròiseas cruinneachadh an dàta a dhèanamh nas sìmplidhe aig deireadh na bliadhna.
   - Tha dàta Sgrùdaidh Coileanaidh Àrainneachdail air a stòradh sa mheadhan gus am faigh a h-uile roinn puirt-adhair cothrom air an dàta agus gun urrainn dhaibh an ùrachadh.
   - Ged a tha e taobh a-muigh sgòp na h-aithisge seo, chaidh pròiseas a thoirt a-steach gus dàta bliadhnail iarraidh airson dàta soithichean-adhair Sgòp 3 bho chompanaidhean adhair, a' cruthachadh èifeachdas ann am pròiseasan cruinneachadh dàta.
4. Tha cothroman ann fhathast gus barrachd leasachaidhean a thoirt air pròiseasan stiùireadh dàta, a' gabhail a-steach:
   - A' leudachadh a' Phròiseas Coileanaidh Àrainneachdail mìosail gus dàta sgudail a thoirt a-steach.
   - Ag ùrachadh phròiseasan cosgaisean gnìomhachais gus am bi dàta nas pongaile ri fhaighinn airson a bhith ag obrachadh a-mach eimiseanan bho shiubhal gnìomhachais. Mar eisimpleir, ag ràdh gum feumar àiteachan 'bho' agus 'gu' agus seòrsaichean connaidh a chur ann (far a bheil sin iomchaidh) airson tagraidhean chosgaisean co-cheangailte ri còmhdhail.
   - A' clàradh cleachdadh deireannach a' chonnaidh Sgòp 1 air fad a thathar a' cleachdadh aig na puirt-adhair gus an tèid aithris fa leth air eimiseanan bho losgadh connadh teasachaidh is còmhdhail.

### Co-dhùnadh

Stèidhichte air sgrùdadh air na pròiseasan agus na modhan-obrach a chaidh a chleachdadh, chan eil fianais sam bith ann nach eil dàta GHG 2023/24 ceart no nach eil e na riochdachadh cothromach de dhàta agus fiosrachadh HIAL. Tha Waterman a' moladh gun dèan HIAL dearbhadh eile coltach ri seo an ceann 12 mìosan eile agus gun dèan e measadh cunbhalach air an dàta aige a thaobh gasaichean an taigh-ghlainne.

### Neo-eisimeileachd agus comas

Tha Waterman Group na phrìomh chomhairliche àrainneachd agus innleadaireachd, a' toirt seachad fuasglaidhean ioma-chuspaireil ann an comhairleachadh àrainneachd, seilbh agus thogalaichean, cumhachd is lùths, còmhdhail, agus dealbhadh bailteil is roinneil. Bidh eòlaichean Waterman a' toirt seachad comhairle agus eòlas neo-eisimeileach thar raon farsaing de sheirbheisean àrainneachd, ag obair le buidhnean riaghaltais, ùghdarrasan ionadail, gnìomhachasan a tha air an riaghladh leis an riaghaltas agus custamairean san roinn phrìobhaidich gus fuasglaidhean ùr-ghnàthach, seasmhach agus eaconamach a sholarachadh thar raon farsaing de ghnìomhachd gnìomhachais.

### Dligheachd na h-aithris

Tha an aithris seo dligheach airson an dàta airson gas taigh-glainne agus airson lèirmheas dearbhaidh an dàta àrainneachdail, airson an àm eadar 1 Giblean 2023 agus 13 Màrt 2024. Chan eil Waterman a' gabhail ri uallach sam bith do threas phàrtaidh sam bith airson call no milleadh sam bith a thig bho mhìneachadh a' mheasaidh, no bho bhith an eisimeil a' mheasaidh seo.



**Cara Labuschagne, Leas-stiùiriche**

**Airson agus às leth**
**Waterman Infrastructure & Environment Ltd**

# Lorg Carboin

## Tha an lorg carboin againn na àireamhachadh de na h-eimiseanan gas taigh-glainne air an adhbharachadh mar thoradh air obair is gnìomhachd uile HIAL thar gach bliadhna.

## Stèidhichte air Margadh

Tha modh-obrach stèidhichte air a' mhargaidh a' nochdadh eimiseanan bho dhealan a cheannaich companaidhean. Tha HIAL air roghnachadh dealan a cheannach bho thùsan a tha 100% ath-nuadhachail.

### Sgòp 1

Eimiseanan dìreach fo smachd HIAL a tha a' tighinn bho chonnadh a chaidh a losgadh air na làraichean againn

Ieithid a bhith a' teasachadh thogalaichean agus a' ruith charbadan

| BUN-LOIDHNE 2018/2019 | 2022/2023 | 2023/2024 |
|---|---|---|
| 2,735 $tCO_2e$ | ↓1,992* $tCO_2e$ | ↑2,184 $tCO_2e$ |

### Sgòp 2

Eimiseanan neo-dhìreach bho bhith a' cruthachadh an dealain a chaidh a cheannach

| BUN-LOIDHNE 2018/2019 | 2022/2023 | 2023/2024 |
|---|---|---|
| 0 $tCO_2e$ | 0 $tCO_2e$ | 0 $tCO_2e$ |

## Stèidhichte air Àite

Tha modh-obrach stèidhichte air àite a' nochdadh nan eimiseanan cuibheasach de chleachdadh lùths bhon ghriod nàiseanta.

### Sgòp 1

Eimiseanan dìreach fo smachd HIAL a tha a' tighinn bho chonnadh a chaidh a losgadh air na làraichean againn

Ieithid a bhith a' teasachadh thogalaichean agus a' ruith charbadan

| BUN-LOIDHNE 2018/2019 | 2022/2023 | 2023/2024 |
|---|---|---|
| 2,735 $tCO_2e$ | ↓1,992* $tCO_2e$ | ↑2,184 $tCO_2e$ |

### Sgòp 2

Eimiseanan neo-dhìreach bho bhith a' cruthachadh an dealain a chaidh a cheannach

| BUN-LOIDHNE 2018/2019 | 2022/2023 | 2023/2024 |
|---|---|---|
| 2,339 $tCO_2e$ | ↓1,670 $tCO_2e$ | ↑1,805 $tCO_2e$ |

**Tha na figearan uile stèidhichte air $tCO_2e$ (co-ionnan (e) ri tunnaichean (t) de charbon dà-ogsaid ($CO_2$))**

*Chaidh na figearan foillsichte airson sgaoilidhean Sgòp 1 airson 2022/23 ùrachadh gus mearachd dàta a cheartachadh agus gus atharrachaidhean air an sgòp a shealltainn.

# Aithisg nan Stiùirichean

## Tha na stiùirichean a' foillseachadh na h-aithisg aca agus aithrisean ionmhais na buidhne airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2024.

### Stiùirichean

B' iad na stiùirichean a bha air a' bhòrd tron bhliadhna agus suas ris an latha air an deach na h-aithrisean ionmhasail seo a shoidhnigeadh:

| | | |
|---|---|---|
| Lorna Jack | Cathraiche | |
| Stewart Adams | Àrd-oifigear gnìomha Eadar-amail | (Air a chur an dreuchd 14 Ògmhios 2023, leig e dheth a dhreuchd 28 Màrt 2024) |
| Paul Kelsall | Àrd-oifigear gnìomha | (Air fhastadh 20 Cèitean 2024) |
| Inglis Lyon | Manaidsear-stiùiridh | (Leig e dheth a dhreuchd 14 Ògmhios 2023) |
| Jamie Manson FCPFA | Prìomh Oifigear Ionmhais | |
| Lynne Clow | Stiùiriche | |
| Christopher Holliday | Stiùiriche | |
| Wilhelmina Strachan | Stiùiriche | |
| Isabel Todenhoefer | Stiùiriche | |

### Stiùirichean a' faighinn barantas-dìona treas-phàrtaidh

Tha na stiùirichean a' faighinn buannachd bho ullachaidhean barantas-dìona ann an Artaigilean na Companaidh
Bha an t-ullachadh seo, a tha na ullachadh barantas-dìona mar a chaidh a mhìneachadh ann an Achd nan Companaidhean 2006, an gnìomh tron bhliadhna ionmhais agus tha e an gnìomh fhathast. Fhuair a' chompanaidh phàrantach àrachas buailteachd stiùirichean is oifigearan airson a stiùirichean cuideachd.

### Neach-sgrùdaidh

Tha an luchd-sgrùdaidh fastaichte, Azets Audit Services air a ràdh gu bheil iad deònach cumail a' dol san dreuchd mar luchd-sgrùdaidh agus thèid moladh gun tèid an ath-fhastadh a rèir earrainn 485 de dh'Achd nan Companaidhean 2006.

### A' foillseachadh fiosrachadh dhan luchd-sgrùdaidh

Tha gach stiùiriche a bha san dreuchd aig ceann-latha aonta na h-aithisg bhliadhnail seo air dearbhadh:

- Cho fad 's as fhiosrach leis an stiùiriche, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air a bheil neach-sgrùdaidh na companaidh aineolach; agus
- Tha an stiùiriche air a h-uile ceum a ghabhail a bu chòir dhaibh a bhith air a ghabhail mar stiùiriche airson a bhith mothachail air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-sgrùdaidh na companaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

**Às leth a' Bhùird**



**Jamie Manson**
**Rùnaire na Companaidh**
**21 Dàmhair 2024**

# Aithris air Riaghladh

## Ro-ràdh

Is e adhbhar na h-Aithris air Riaghaladh a bhith a' mìneachadh cruth agus eagrachadh nan structaran riaghlaidh aig HIAL agus mar a tha iad a' cumail taic ri coileanadh amasan HIAL. Tha e a' mìneachadh nan structaran riaghlaidh, riaghladh riosgan agus pròiseasan in-smachd a bha an sàs ann an HIAL tron bhliadhna ionmhais 2023/24 agus ag aithris air a' mheasadh agam air èifeachdas nan ullachaidhean sin.

## Frèam Riaghlaidh

Tha HIAL na bhuidheann-gnìomha neo-roinneil air a sponsoradh le Còmhdhail Alba. Tha am frèama farsaing anns a bheil sinn ag obair air a mhìneachadh anns an Sgrìobhainn Frèam-obrach, a tha a' mìneachadh prìomh dhleastanasan agus uallaichean a tha mar bhunait dhan dàimh eadar HIAL agus Còmhdhail Alba. Tha an sgrìobhainn seo na prìomh pàirt den fhrèama cunntachalachd agus riaghlaidh againn.

Bidh Ministearan na h-Alba a' foillseachadh an SPFM gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile air làimhseachadh iomchaidh airson maoinean poblach. Tha e a' cur an cèill nan riatanasan reachdail, pàrlamaideach agus rianachd buntainneach, agus tha e a' cur cuideam air èifeachdas, buadhachd agus caomhantachd, agus tha e a' brosnachadh deagh mhodhan-obrach agus inbhean àrda a thaobh iomchaidheachd.

Mar bhuidheann gnìomha neo-roinneil, feumaidh HIAL riatanasan an SPFM a leantainn. A bharrachd air seo, thathar an dùil gun lean HIAL an stiùireadh agus na cleachdaidhean as fheàrr a tha air am mìneachadh ann an Leabhar-làimhe Comataidhean Sgrùdaidh is Dearbhaidh Riaghaltas na h-Alba.

Tha an diagram a leanas a' sealltainn structar riaghlaidh na Buidhne a bha an sàs tron bhliadhna gus ceann-latha soidhnidh na h-aithisg bhliadhnail agus cunntasan.

## Am Bòrd

Bidh am Bòrd a' stèidheachadh ro-innleachd na Buidhne san fharsaingeachd, a' toirt fa-near do phoileasaidh ainmichte Ministearan na h-Alba gus leasachadh eaconamach is sòisealta a bhrosnachadh anns na sgìrean air am bi HIAL a' frithealadh. Tha uallach coitcheann air a' Bhòrd gus siostam seasmhach de riaghladh corporra agus in-smachd a chumail suas a bheir taic do choileanadh poileasaidhean, agus amasan Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta agus a tha cuideachd a' dìon airgead agus maoin poblach. Tha dleastanas a' Bhùird air a mhìneachadh anns an Sgrìobhainn Frèam-obrach eadar Riaghaltas na h-Alba agus HIAL. Tha e an urra ri Bòrd HIAL ceannardas, stiùireadh, taic agus comhairle a thoirt seachad dhan Chompanaidh, agus cuideachd a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil HIAL a' lìbhrigeadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus a rèir amasan, poileasaidhean agus prìomhachasan Ministearan na h-Alba.

Tha buill Bòrd HIAL air am fastadh le Ministearan na h-Alba agus tha uallach coitcheann orra airson a bhith a' ruith ghnothaichean HIAL mar as còir. Gheibh buill làn chothrom, ann an deagh àm, air an fhiosrachadh uile a tha a dhìth orra gus an obair aca a dhèanamh gu h-èifeachdach.

Bha seachdnar bhall air a' Bhòrd aig toiseach na bliadhna:

- cathraiche neo-gnìomhach,
- stiùiriche gnìomhach,
- stiùiriche ionmhais, agus,
- ceithir stiùirichean neo-ghnìomhach

Tron bhliadhna, leig an Stiùiriche Riaghlaidh dheth a dhreuchd bhon Bhòrd air 14 Ògmhios 2023. Chaidh Àrd-oifigear gnìomha eadar-amail a chur an dreuchd air a' Bhòrd air 14 Ògmhios 2023, a choilean dleastanasan an Stiùiriche Riaghlaidh gu sealach gu 28 Màrt 2024. Chaidh tiotalan obrach nan stiùirichean gnìomha ath-sgrùdadh tron bhliadhna, leis a' Mhanaidsear Stiùiridh na Àrd-Oifigear Gnìomha a-nis agus Stiùiriche an Ionmhais na Phrìomh Oifigear Ionmhais a-nis.

Chaidh Àrd-oifigear maireannach fhastadh dhan Bhòrd air 20 Cèitean 2024.

Seach seo, tha ballrachd a' Bhùird fhathast a rèir na Sgrìobhainn Frèam-obrach.

Tha clàr soilleir de chùisean glèidhte aig a' Bhòrd, a tha air ath-sgrùdadh is ùrachadh gach bliadhna, agus sgeama tiomnaidh soilleir do na stiùirichean gnìomha agus buill eile den sgioba gnìomh, a bhios air ath-sgrùdadh agus air ùrachadh gu cunbhalach.

Thèid a h-uile cùis chudromach a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha glèidhte dhan Bhòrd a thoirt dhan Bhòrd aig na coinneamhan aca airson beachdachadh agus aontachadh. Bidh am Bòrd a' coinneachadh timcheall air gach ochd seachdainean, le coinneamhan a bharrachd nuair a bhios feum air seo. Bithear a' cumail clàr de chom-pàirtean airson a h-uile Ball den Bhòrd tron bhliadhna.

## An Neach-measaidh

Tha còir aig Ministearan na h-Alba Neach-measaidh fhastadh dhan Bhòrd, a dh'fhaodas a bhith an làthair aig coinneamhan a' Bhùird ach aig nach eil cead bhòtadh aig coinneamh Bùird sam bith no a bhith an sàs ann an dreuchd sam bith mar stiùiriche companaidh. Tron bhliadhna, bha riochdaire bho Chòmhdhail Alba an làthair aig a h-uile coinneamh bùird tron bhliadhna.

# Aithris air Riaghladh

### Comataidhean a' Bhùird

Gus am Bòrd a chuideachadh le bhith a' coileanadh a dhleastanasan agus a ghnìomhan gu h-èifeachdach, chaidh trì Comataidhean Bùird a stèidheachadh. Bidh na comataidhean sin ag aithris dhan bhòrd agus a' dèanamh mholaidhean dha, gus an gabh barrachd fòcas is aire a thoirt seachad air cùisean sònraichte. Tha geàrr-chunntas air Comataidhean a' Bhùird gu h-ìosal:

### Comataidh Sgrùdaidh

Bidh a' chomataidh seo a' cumail sùil air agus a' toirt seachad comhairle mu chùisean ionmhais, sgrùdaidh, cunnairt is riaghlaidh, a' gabhail a-steach a' phròiseas aithris ionmhais agus sgrùdaidh, an siostam in-smachd, stiùireadh cunnairt, miann cunnairt agus ro-innleachd cunnairt, gèilleadh ri laghan reachdail, a' foillseachadh dhraghan agus foill. Gheibh a' Chomataidh Sgrùdaidh aithisgean cunbhalach bhon àrd-sgioba stiùiridh, agus bho luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh agus a' toirt cunntas air cùisean sgrùdaidh, cunnairt agus gèillidh dhan Bhòrd às dèidh gach coinneamh comataidh. Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh a' leantainn an stiùiridh agus na cleachdaidhean as fheàrr a tha air am mìneachadh ann an Leabhar-làimhe nan Comataidhean Sgrùdaidh is Dearbhaidh aig Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh cunbhalach air Cumhachan Iomraidh na Comataidh Sgrùdaidh agus fèin-mheasadh air a coileanadh.

Tron bhliadhna, bha triùir stiùirichean neo-ghnìomhach air a' Chomataidh Sgrùdaidh, a' gabhail a-steach a' chathraiche. Bithear a' toirt cuireadh dhan dà stiùiriche gnìomha (Am Manaidsear Stiùiridh/Àrd-oifigear gnìomha agus Stiùiriche an Ionmhais/Prìomh Oifigear Ionmhais) a dhol gu coinneamhan na Comataidh Sgrùdaidh.

### Comataidh Cor na Buidhne

Bidh a' chomataidh a' cumail sùil air agus a' toirt seachad comhairle air a h-uile cùis co-cheangailte ri daoine, a' gabhail a-steach ullachadh, leasachadh agus buileachadh ro-innleachd dhaoine HIAL, a' cumail sùil air poileasaidhean dhaoine agus sgeamaichean peinnsein HIAL, a bhith a' leasachadh barganachadh pàighidh bliadhnail agus a bhith a' cumail sùil air Planaichean leantainneachd agus leasachaidh HIAL. Bheir Comataidh nan Daoine am fiosrachadh as ùire air cùisean dhaoine dhan Bhòrd às dèidh gach coinneimh.

Tron bhliadhna, bha triùir stiùirichean neo-ghnìomhach air Comataidh nan Daoine, a' gabhail a-steach Cathraiche na Comataidh agus an t-Àrd-oifigear. Bithear a' toirt cuireadh dhan Phrìomh Oifigear Ionmhais agus do dh'Àrd Oifigear nan Daoine a dhol gu coinneamhan Comataidh nan Daoine.

### Comataidh Sàbhailteachd, Tèarainteachd is Àrainneachd

Bidh a' chomataidh seo a' cumail sùil air agus a' toirt seachad comhairle mu chùisean sàbhailteachd obrachaidh, tèarainteachd agus gèillidh àrainneachdail. Bidh a' chomataidh seo a' coileanadh nam foincseanan aig Bòrd Lèirmheas Sàbhailteachd mar a dh'fheumar fo Fhoillseachadh 795, Caibideil 3 – Poileasaidh Sàbhailteachd, agus Amasan, aig Ùghdarras an Itealaich Chatharra agus tha raon-ùghdarrais sònraichte aca airson sùil a chumail air agus aithris air na leanas:

- coileanadh sàbhailteachd a rèir poileasaidh agus amasan sàbhailteachd na buidhne;
- cho èifeachdach 's a tha an Siostam Riaghlaidh Sàbhailteachd;
- cho èifeachdach 's a tha sgrùdadh air sàbhailteachd aig buidhnean fo-chùmhnant;
- buileachadh gnìomhan ceartachaidh agus/no lasachaidh ann an deagh àm; agus
- cho èifeachdach 's a tha pròiseasan riaghlaidh sàbhailteachd na buidhne.

Chaidh a' Chomataidh seo a stèidheachadh gu foirmeil sa Ghiblean 2024 agus bidh i a' toirt an fhiosrachaidh as ùire don Bhòrd às dèidh gach coinneamh comataidh. Tha dà stiùiriche neo-ghnìomhach air a' Chomataidh Sàbhailteachd, Tèarainteachd is Àrainneachd, aon dhiubh mar chathraiche, còmhla ris a' Cheannard agus an Stiùiriche Sàbhailteachd is Gèillidh nan dreuchd mar Mhanaidsear Cunntachail.

# Aithris air Riaghladh

### Làithreachd aig a' Bhòrd agus air Comataidhean

Tha làthaireachd nam Ball aig coinneamhan Bùird is Comataidh ri fhaicinn gu h-ìosal, airson gach cuid Bòrd Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta (HIAL) agus Bòrd Port-adhair Dhùn Dè Earranta (DAL) eadar 1 Giblean 2023 agus 31 Màrt 2024. Tha na figearan ann an camagan a' sealltainn na h-àireimh de choinneamhan air am faodadh Buill a' Bhùird a bhith an làthair. Chaidh coinneamhan a bharrachd den Bhòrd agus den Chomataidh Sgrùdaidh a chumail gus beachdachadh agus aontachadh air aithisg bhliadhnail agus cunntasan 2022/23 agus gus beagan co-dhùnaidhean a dhèanamh far an robh cabhag air a' chùis.

| Ainm | Bòrd HIAL | | | Bòrd DAL | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | Dreuchd | Air an Cumail | An Làthair | Dreuchd | Air an Cumail | An Làthair |
| Lorna Jack | Cathraiche | 10 | 10 (10) | Cathraiche | 7 | 6 (7) |
| Stewart Adams (bho 14/6/23) | Ball CEO | 10 | 8 (9) | Ball CEO | 7 | 6 (6) |
| Inglis Lyon (gu 14/6/23) | Ball Manaidsear-stiùiridh | 10 | 1 (1) | Ball Manaidsear-stiùiridh | 7 | 1 (1) |
| Jamie Manson | Ball Stiùiriche-ionmhais | 10 | 10 (10) | Ball Stiùiriche-ionmhais | 7 | 7 (7) |
| Lynne Clow | Ball NXD | 10 | 10 (10) | Ball NXD | 7 | 6 (7) |
| Chris Holliday | Ball NXD | 10 | 10 (10) | Ball NXD | 7 | 7 (7) |
| Wilhelmina Strachan | Ball NXD | 10 | 8 (10) | Ball NXD | 7 | 7 (7) |
| Isabel Todenhoefer | Ball NXD | 10 | 9 (10) | Ball NXD | 7 | 6 (7) |
| Greg Colgan | N/A | N/A | N/A | Ball NXD | 7 | 7 (7) |

| Ainm | Comataidh Sgrùdaidh | | | Comataidh nan Daoine | | |
|---|---|---|---|---|---|---|
| | Dreuchd | Air an Cumail | An Làthair | Dreuchd | Air an Cumail | An Làthair |
| Lorna Jack | N/A | N/A | N/A | Ball NXD | 3 | 3 (3) |
| Stewart Adams (bho 14/6/23) | An làthair | 6 | 5 (5) | Ball CEO | 3 | 2 (3) |
| Inglis Lyon (gu 14/6/23) | An làthair | 6 | 1 (1) | Ball Manaidsear-stiùiridh | 3 | 0 (0) |
| Jamie Manson | An làthair | 6 | 6 (6) | N/A | N/A | N/A |
| Lynne Clow | N/A | N/A | N/A | Cathraiche | 3 | 3 (3) |
| Chris Holliday | Ball NXD | 6 | 6 (6) | N/A | N/A | N/A |
| Wilhelmina Strachan | Cathraiche | 6 | 6 (6) | N/A | N/A | N/A |
| Isabel Todenhoefer | Ball NXD | 6 | 6 (6) | Ball NXD | 3 | 3 (3) |
| Greg Colgan | N/A | N/A | N/A | N/A | N/A | N/A |

An aire: Chan eilear a' toirt cunntas air làthaireachd Bhall a' Bhùird aig Comataidh Sàbhailteachd, Tèarainteachd agus na h-Àrainneachd leis nach deach coinneamhan foirmeil a chumail eadar 1 Giblean 2023 agus 31 Màrt 2024. Chaidh a' chiad choinneamh fhoirmeil aig a' Chomataidh a chumail air 8 Giblean 2024.

# Aithris air Riaghladh

**Tha an diagram a leanas a' sealltainn an structair riaghlaidh**




Tha seo a' comharrachadh far a bheil co-dhleastanasan le comataidhean eile airson gnìomh no mothachadh m.e. dh'fhaodadh a' Chomataidh Sgrùdaidh co-dhùnaidhean HSE a chur gu Comataidh Sàbhailteachd, Tèarainteachd is Àrainneachd. Dh'fhaodadh a' Chomataidh Sàbhailteachd aithris air tachartas HSE sònraichte dhan Chomataidh Sgrùdaidh agus/no Daoine nan robh e coltach gum biodh builean nas fharsainge aige dhan bhuidhinn.

## In-sgrùdadh

Chaidh prògram in-sgrùdaidh aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh agus chaidh a dhèanamh leis na in-sgrùdaidhean fastaichte, Wylie Bisset LLP. Thàinig teirm a' chùmhnaint gu crìch air 30 Sultain 2023 agus tha HIAL a' cur tairgse a-mach airson solaraiche ùr de sheirbheisean in-sgrùdaidh. Chan eil lèirmheasan in-sgrùdaidh air tachairt bho 1 Dàmhair 2023.

Rè na bliadhna, dh'iarr a' Chomataidh Sgrùdaidh in-sgrùdadh air na rèiteachaidhean riaghlaidh a tha an sàs a thaobh a bhith a' stiùireadh com-pàirt HIAL ann am Prògram Àrainneachd Deuchainn Adhair Seasmhach (SATE). Cho-dhùin an sgrùdadh gun robh na rèiteachaidhean riaghlaidh a bha an sàs gus am prògram seo a stiùireadh lag agus rinn e 15 molaidhean a thaobh leasachaidhean gus dèiligeadh ri laigsean a chaidh a chomharrachadh tron ath-sgrùdadh. Ro 31 Màrt 2024, bha a' Chomataidh Sgrùdaidh den bheachd gun deach dèiligeadh ri 9 de na 15 molaidhean agus gun robh 6 dhiubh fhathast a' dol air adhart. Tha a' Chomataidh Sgrùdaidh a' leantainn air adhart a' cumail sùil air adhartas a thaobh buileachadh nam molaidhean nach deach a choileanadh fhathast.

## Adhbhar Siostam an In-smachd

Tha an siostam in-smachd air a dhealbhadh gus riosgan nach tèid poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a choileanadh a lùghdachadh seach a bhith a' cur às do gach cunnart. Mar sin, chan urrainn dha ach dearbhadh reusanta a thoirt seachad, seach làn ghealltanas gum bi làn èifeachdas ann.

Tha an dòigh-obrach airson in-smachd na pròiseas gnìomhach a chaidh a dhealbhadh gus na prìomh riosgan a thaobh coileanadh phoileasaidhean is amasan na buidhne a chomharrachadh; gus nàdar agus farsaingeachd nan riosgan sin a mheas; agus gus an stiùireadh le èifeachdas, caomhantachd agus comas.

Tha siostaman agus pròiseasan na Buidhne a rèir Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba agus bha iad an sàs airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024 agus suas chun a' chinn-latha a chaidh an aithisg bhliadhnail agus cunntasan aontachadh.

# Aithris air Riaghladh

### Frèam Chunnartan is Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann a tha tighinn fo riatanasan Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM) ro-innleachd rianachd chunnartan a chur an gnìomh ann an co-rèir ris an stiùireadh iomchaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba. Chithear san SPFM na prionnsapalan coitcheann airson ro-innleachd shoirbheachail a chur an sàs gus rian a chumail air cunnartan. Tha gach raon de chunnart na buidhne air a riaghladh tron Bhuidhinn Sgrùdaidh Cunnairt agus leis an àrd-sgioba riaghlaidh a bhios ag aithris tron Chomataidh Sgrùdaidh, gu Bùird HIAL agus DAL. Tha am Bòrd, tron Àrd-oifigear, an urra ri riaghladh chunnartan iomlan a' ghnìomhachais ach chaidh uallach airson raointean riaghlaidh chunnartan sònraichte a thiomnadh do stiùirichean agus manaidsearan fa leth.

Tha na cumhachan iomraidh airson na Buidhne Sgrùdaidh Cunnairt mar a leanas:

- A bhith a' comharrachadh cunnartan a tha ùr no a' tighinn am bàrr (a' gabhail a-staigh chothroman) a tha mu choinneimh na Buidhne agus a h-obraichean;
- Dèan cinnteach gu bheil cunnartan mòra air an riaghladh gu h-èifeachdach tron ghnìomhachas air fad le bhith ag ath-sgrùdadh clàr chunnartan na Buidhne agus ga ùrachadh mar as iomchaidh, a' toirt aire do ìre chunnartan na Buidhne;
- Cuir cunnartan an àirde do Bhòrd HIAL agus do dh'aonad Sponsaireachd Riaghaltas na h-Alba mar as iomchaidh;
- Co-òrdanaich gnìomhan tar-ghnìomhach gus dèanamh cinnteach gu bheil smachdan èifeachdach, èifeachdail air an cruthachadh agus air an cumail suas;
- Dèan lèirmheas air in-smachdan taobh a-staigh na Buidhne agus comharraich beàrn sam bith;
- Dèan lèirmheas air gnìomhan rianachd chunnartan agus sàbhailteachd taobh a-staigh na Buidhne agus comharraich beàrn sam bith;
- Mol leasachaidhean air modhan agus pròiseasan gus an cleachdadh gnìomhachais as fheàrr a shealltainn agus gus feumalachdan a' ghnìomhachais a choileanadh;
- Cuir taic ri agus dèan lèirmheas leantainneach air planaichean leantainneachd is ath-bheothachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil an gnìomhachas ath-leumach ann an suidheachadh sam bith i.e. tro phlanaichean leantainneachd gnìomhachais, planaichean airson galaran lèir-sgaoilte is msaa;
- Comharraich treandan cumanta a tha ag èirigh bho sgrùdaidhean a-staigh/a-muigh, bho sgrùdadh thachartasan, leasanan a chaidh ionnsachadh is msaa agus cuir air adhart molaidhean airson gnìomhan iomchaidh;
- Brosnaich seilbh air uallach corporra a thaobh riaghladh chunnartan;
- Cuir air adhart iomairtean riaghlaidh chunnartan taobh a-staigh a' ghnìomhachais;
- Co-roinn fios mu chunnart agus co-roinn deagh chleachdadh;
- Cum sùil air agus dèan measadh air trèanadh mu riaghladh chunnartan; agus
- Dèan gnìomhan sònraichte mar a thèid iarraidh le bùird na Buidhne.

### Siostaman Rianachd Sàbhailteachd

Tha an Siostam Riaghlaidh Sàbhailteachd na fhrèam-obrach làidir airson riaghladh sàbhailteachd taobh a-staigh a' ghnìomhachais. Thathar a' brosnachadh gach neach-obrach a bhith ag obair taobh a-staigh an fhrèam-obrach agus a bhith ag obair leis na diofar sgiobaidhean riaghlaidh gus piseach a thoirt air an fhrèam-obrach far a bheil sin riatanach. Tha dleastanas oirnn uile a bhith ag obair ann an dòigh shàbhailte. Tha cleachdadh shiostaman riaghlaidh sàbhailteachd adhair deatamach anns an obair adhair uile againn leis an amas na h-ìrean sàbhailteachd as àirde a ruigsinn. Nì sinn cinnteach gun tèid na h-ìrean seo a chumail daonnan tro thrèanadh cunbhalach le solaraichean a-staigh agus a-muigh.

### Lèirmheas air Èifeachdas

Mar Àrd-oifigear, tha mi cunntachail airson a bhith a' cumail suas siostaman in-smachd làidir, a tha a' toirt taic do choileanadh phoileasaidhean, amasan is cinn-uidhe na Buidhne air an suidheachadh le Ministearan na h-Alba, agus aig an aon àm a tha a' dìon airgead agus stòrasan poblach. Mar bhuidheann phoblach neo-roinneil, tha Buidheann HIAL ag obair ann an dòigh fhosgailte is chunntachail, a' toirt seachad seirbheisean poblach aig àrd ìre. Tha sinn dealasach a thaobh ruigsinneachd, fosgarrachd agus cunntachalachd agus tha sinn ag amas air na h-inbhean as àirde ann an riaghladh corporra. A dh'aindeoin cùisean a dh'adhbhraich dìth sheirbheisean in-sgrùdaidh tron bhliadhna (agus na barantasan a bheir foincsean den t-seòrsa seo dhan àrd-sgioba stiùiridh, dhan Chomataidh Sgrùdaidh agus dhan Bhòrd), tha mi riaraichte gu bheil na rèiteachaidhean riaghlaidh, na siostaman agus na pròiseasan stèidhichte air feadh Buidheann HIAL air smachd èifeachdach a thoirt seachad agus air cuideachadh le coileanadh amasan agus dleastanasan Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta ann an 2023/24.

**Paul Kelsall**
**Àrd-oifigear gnìomha**
**21 Dàmhair 2024**

# Aithisg air uallaichean nan stiùirichean

## Tha e an urra ris na Stiùirichean an Aithisg Ro-innleachdail, Aithisg nan Stiùirichean agus na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir nan laghan is riaghailtean buntainneach.

A rèir lagh companaidh, feumaidh na Stiùirichean aithris ionmhasail ullachadh airson gach bliadhna ionmhais. Fon lagh sin tha na stiùirichean air roghnachadh aithrisean ionmhais ullachadh a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta ris an deach gabhail san RA (IAS ris an deach gabhail san RA). Fo lagh nan companaidhean, chan fhaodar na stiùirichean na h-aithrisean ionmhasail aontachadh mur eil iad sàsaichte gu bheil iad a' toirt seachad sealladh fìor is cothromach de shuidheachadh na Buidhne is na companaidh agus de phrothaid no call na Buidhne airson an àm sin.

Tha e an urra ris na Stiùirichean clàran cunntasachd iomchaidh a chumail a tha freagarrach gus gnothaichean na buidhne agus na companaidh a shealltainn agus a mhìneachadh agus a bhith a' foillseachadh suidheachadh ionmhasail na buidhne agus na companaidh a tha pongail gu leòr aig àm sam bith agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-aithrisean ionmhais a' gèilleadh ri Achd nan Companaidhean 2006. Tha iad cuideachd an urra ri bhith a' dìon so-mhaoin na buidhne agus na companaidh agus mar sin tha iad an urra ri bhith a' gabhail cheumannan reusanta gus foill agus neo-chunbhalachdan eile a bhacadh is a lorg.

### Agus iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail seo, feumaidh na stiùirichean:

- poileasaidhean cunntasachd iomchaidh a thaghadh agus an uair sin an cur an sàs gu cunbhalach
- breithneachaidhean agus tuairmsean a dhèanamh a tha reusanta agus ciallach:
- comharrachadh an deach inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta iomchaidh a leantainn le ùmhlachd do sheachranachd shusbainteach sam bith a bhith air a foillseachadh agus air a mìneachadh anns na h-aithrisean ionmhais; agus
- na h-aithrisean ionmhais ullachadh air stèidh gun cùm a' bhuidheann a' dol ach a-mhàin mura h-eil e iomchaidh a bhith den bheachd gun cùm a' bhuidheann a' dol mar ghnìomhachas.



Port-adhair Kirkwall

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

### Beachd

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta ('a' chompanaidh phàrantach') agus a fo-chompanaidhean ('a' bhuidheann') airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024. Tha iad seo a' gabhail a-steach Aithris Teachd a-steach na Buidhne, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Duilleag Cothromachaidh na Buidhne is na Companaidh, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Sruthan Airgid, agus nòtaichean mu na h-aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de phoileasaidhean cunntasachd cudromach. Is e am frèam aithris ionmhais a chaidh a chur an sàs ann a bhith gan ullachadh an lagh iomchaidh agus Inbhean Aithris Ionmhais Eadar-nàiseanta (IFRSan) mar a chaidh gabhail riutha leis an RA.

**Nar beachd:**

- tha na h-aithrisean ionmhasail a' toirt seachad sealladh fìor is cothromach de shuidheachadh na buidhne is na companaidh pàrantaich air 31 Màrt 2024, agus de phrothaid na buidhne airson na bliadhna a thàinig gu crìch an uair sin
- chaidh aithrisean ionmhasail na buidhne ullachadh a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta a rèir riatanasan Achd nan Companaidhean 2006;
- Chaidh aithrisean ionmhasail na companaidh pàrantaich ullachadh gu ceart a rèir nan inbhean Aithris Ionmhais Eadar-nàiseanta (IFRSan) mar a chaidh gabhail riutha leis an RA; agus;
- tha na h-aithrisean ionmhasail air an ullachadh a rèir riatanasan Achd nan Companaidhean 2006.

### Bun-stèidh a' Bheachd

Tha sinn air an sgrùdadh againn a dhèanamh a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAan (RA)) agus laghan iomchaidh. Tha tuilleadh mìneachaidh air ar dleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg againn le fios air dleastanasan an Luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn no ris a' chompanaidh phàrantaich a rèir nan riatanasan beusail a bhuineas ris na sgrùdaidhean a nì sinn air aithrisean ionmhasail san RA, a' gabhail a-steach Inbhe Bheusail an FRC, agus tha sinn air ar dleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Tha sinn den bheachd gun d' fhuair sinn fianais sgrùdaidh gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt dhan bheachd a ghabh sinn.

### Co-dhùnaidhean co-cheangailte far a bheilear a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol

Tha sinn air co-dhùnadh gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, chan eil sinn air mì-chinnteach susbainteach a chomharrachadh a thaobh tachartasan no suidheachaidhean a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aig a' bhuidhinn no aig a' chompanaidh phàrantaich gus cumail orra, airson co-dhiù dusan mìos bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

Tha na dleastanasan againn agus dleastanasan nan stiùirichean a thaobh a' bhuidheann a bhith a' cumail a' dol air am mìneachadh anns na h-earrannan iomchaidh den aithisg seo.

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

### Fiosrachadh eile

Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh anns an aithisg bhliadhnail, a bharrachd air na h-aithrisean ionmhasail agus beachdan an luchd-sgrùdaidh orra. Tha na stiùirichean an urra ris an fhiosrachadh eile a tha anns an aithisg bhliadhnail. Chan eil ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail a' coimhead air an fhiosrachadh eile agus chan eil sinn a' cur an cèill co-dhùnadh barantachaidh sam bith air sin ach chun na h-ìre 's gu bheil e ag ràdh an caochladh gu soilleir san aithisg againn, Tha e mar dhleastanas oirnn am fiosrachadh eile a leughadh, agus, ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh feuch a bheil nithean susbainteach san fhiosrachadh eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuair sinn san sgrùdadh no a bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir sinn an aire do leithid a nithean neo-chunbhalach susbainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach ann, bidh againn ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin mar thoradh air seo. Ma nì sinn co-dhùnadh, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gu bheil mì-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile seo, tha againn ri aithris a dhèanamh air sin.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh sin.

### Fiosrachadh air nithean eile mar a tha riatanach fo Achd nan Companaidhean 2006

Nar beachd-ne, stèidhichte air an obair a rinn sinn san sgrùdadh:

- tha am fiosrachadh anns an Aithris Ionmhasail agus ann an Aithisg nan Stiùirichean airson na bliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail a chruthachadh a rèir nan aithrisean ionmhasail; agus
- chaidh an aithisg ro-innleachdail agus aithisg nan stiùirichean ullachadh a rèir riatanasan laghail a tha an sàs.

### Cùisean air am feum sinn aithris a dhèanamh mura tachair iad

Leis an eòlas agus tuigse againn air a' bhuidhinn agus a' chompanaidh phàrantaich agus a h-àrainneachd a fhuaradh rè an sgrùdaidh, chan eil sinn air mì-aithrisean susbainteach a chomharrachadh anns an aithisg ro-innleachdail no aithisg nan stiùirichean.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh nan cùisean a leanas far a bheil Achd nan Companaidhean 2006 ag ràdh gum feum sinn cunntas a thoirt dhuibh ma tha na leanas fìor, nar beachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail leis a' chompanaidh phàrantaich, no nach d' fhuaras freagairtean iomchaidh airson an sgrùdaidh againn bho mheuran air nach do thadhail sinn; no
- far nach eil aithrisean ionmhais na companaidh a rèir nan clàraidhean no aithrisean cunntasachd; no
- far nach deach tuarastal nan stiùirichean fhoillseachadh ann an suidheachaidhean far am feumadh seo a dhèanamh a rèir reachdais; no
- nach d' fhuair sinn am fiosrachadh is na mìneachaidhean uile a dh'fheumas sinn airson an sgrùdaidh.

### Dleastanasan nan stiùirichean

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan nan Stiùirichean air taobh-duilleig 33, tha e an urra ris na stiùirichean na h-aithrisean ionmhasail ullachadh agus feumaidh iad a bhith riaraichte gun toir iad sealladh fìor is cothromach, agus tha uallach orra cuideachd gus na modhan in-smachd a tha iad a' meas iomchaidh a chur an sàs, a nì cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail fhoillseachadh anns nach eil mì-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuair a tha iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air na stiùirichean measadh a dhèanamh air comas na buidhne a chumail a' dol, agus airson a bhith a' foillseachadh, mar a bhios e iomchaidh, cùisean co-cheangailte ri cleachdadh na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mura bheil na stiùirichean an dùil a' bhuidheann no a' chompanaidh phàrantach a sgaoileadh no a bhith a' sgur ag obrachadh, no mur eil roghainn eile aca ach gus sin a dhèanamh.

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

### Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

'S e a tha fa-near dhuinn a choileanadh, gum bi dearbhachd reusanta againn nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail bonntaichte, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus Aithisg Luchd-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir sinn seachad ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhachd reusanta, dearbhachd gu math cinnteach ach chan eil sin na ghealltanas, ma tha mì-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Faodaidh mì-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhì-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean eaconamach a nì luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail bonntaichte seo.

Tha tuairisgeul de na dleastanasan againn ri fhaighinn air làrach-lìn an FRC aig: **https://www.frc.org.uk/Our-Work/Audit/Audit-and-assurance/Standards-and-guidance/Standards-and-guidance-for-auditors/Auditors-responsibilities-for-audit/Description-of-auditors-responsibilities-for-audit.aspx** Tha am mìneachadh sin mar phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh.

### An ìre is gun robhar den bheachd gun robh an sgrùdadh comasach air neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill, a lorg

Tha neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill nan eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan is riaghailtean. Dealbhaidh sinn na dòighean-obrach againn a rèir nan dleastanasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd gus mì-aithrisean susbainteach a lorg a thaobh neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill.

Bidh sinn a' faighinn agus ag ùrachadh ar tuigse air a' bhuidhinn agus a' chompanaidh, a ghnìomhachdan, an àrainneachd smachd aice, agus leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd, a' gabhail a-steach a thaobh frèam laghail is riaghlaidh iomchaidh agus mar a tha a' bhuidheann a' cumail ris an fhrèam sin. Stèidhichte air an tuigse seo, bidh sinn a' comharrachadh agus a' measadh chunnartan mì-aithris susbainteach anns na h-aithrisean ionmhais, co-dhiù tha iad air sgàth foill no mearachd, agus dealbhaidh agus coileanaidh sinn modhan sgrùdaidh le uallach airson nan cunnartan sin, agus gheibh sinn fianais sgrùdaidh a tha iomchaidh gus bunait a thoirt seachad airson ar beachd. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith beachdachadh air a' chunnart gun dèan a' bhuidheann agus a' chompanaidh gnìomhan a tha an aghaidh an lagh agus riaghailtean iomchaidh, a' gabhail a-steach foill.



Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

Mar fhreagairt do na cunnartan gum biodh neo-riaghailteachdan agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean ann, a' gabhail a-steach foill, dhealbhaich sinn modhan a bha a' gabhail a-steach:

- rinn an com-pàirtiche conaltraidh cinnteach gun robh na sgilean agus na comasan iomchaidh aig an sgioba com-pàirteachaidh còmhla gus neo-ghèilleadh ri laghan iomchaidh a chomharrachadh no aithneachadh;
- chomharraich sinn na laghan agus na riaghailtean a tha buntainneach dhan bhuidhinn agus dhan chompanaidh phàrantaich tro chòmhraidhean le stiùirichean agus manaidsearan eile, agus bhon eòlas agus gnàth-eòlas coimeirsealta aig an roinn;
- chuir sinn fòcas air laghan agus riaghailtean sònraichte a bha sinn a' smaoineachadh a dh'fhaodadh buaidh dhìreach a thoirt air aithrisean ionmhais no gnìomhachd na buidhne agus na companaidh pàrantaich, a' gabhail a-steach Achd nan Companaidhean 2006, reachdas cìse agus dìon dàta, reachdas an-aghaidh brìbearachd, cosnadh agus slàinte agus sàbhailteachd;
- rinn sinn measadh air ìre gèillidh ris na laghan agus na riaghailtean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd le bhith a' faighneachd den luchd-stiùiridh agus a' coimhead air co-sgrìobhadh laghail; agus
- chaidh na laghan agus riaghailtean comharraichte a chur an cèill taobh a-staigh na sgioba sgrùdaidh gu cunbhalach agus bha an sgioba fhathast furachail a thaobh eisimpleirean de neo-ghèilleadh tron sgrùdadh air fad.

Rinn sinn measadh air cho buailteach 's a bha aithrisean ionmhais na buidhne agus na companaidh pàrantaich a thaobh mì-aithris, a' gabhail a-steach tuigse fhaighinn air mar a dh'fhaodadh foill tachairt, le bhith:

- a' faighneachd den luchd-stiùiridh far an robh iad den beachd gum biodh buailteachd ri foill ann, an eòlas air foill sam bith a bha air tachairt, a bha iad a' smaoineachadh a bha ann agus casaidean sam bith mu fhoill; agus;
- beachdachadh air na smachdan taobh a-staigh na buidhne gus cunnartan foill agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a lasachadh.

Ann a bhith a' cur aghaidh air cunnart foill tro stiùirichean a' seachnadh smachdan, rinn sinn na leanas:

- modhan sgrùdaidh gus dàimhean neo-àbhaisteach no ris nach robhar an dùil a chomharrachadh;
- deuchainn air inntrigidhean sna leabhraichean ionmhais gus tar-ghnìomhan neo-àbhaisteach aithneachadh;
- measadh air a bheil na breithneachaidhean a rinneadh ann a bhith a' dèanamh thuairmsean cunntasachd a' sealltainn gum faodadh claonadh a bhith ann; agus
- measadh air an adhbhar airson tar-gnìomh cudromach sam bith a bha mòr no neo-àbhaisteach.

A' freagairt air a' chunnart bho neo-riaghailteachd agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean, dhealbh sinn dòighean-obrach a bha a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin:

- a' maidseadh fhoillseachaidhean ann an aithris ionmhais ri sgrìobhainnean air an robh iad stèidhichte;
- a' leughadh nan geàrr-chunntasan aig coinneamhan aig an fheadhainn a bha an urra ri riaghladh;
- a' faighneachd de luchd-riaghlaidh a thaobh cùisean-lagha agus tagraidhean a th' ann no a dh'fhaodadh a bhith ann;
- a' dèanamh ath-sgrùdadh air conaltradh leis an HMRC agus leis na comhairlichean laghail aig a' bhuidhinn agus aig a' chompanaidh phàrantaich.

Tha cuingealachaidhean gnèithich anns na dòighean-obrach sgrùdaidh a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd. Mar as fhaide air falbh 's a tha laghan agus riaghailtean bho thar-ghnìomhan ionmhais, is ann as dualtaiche a tha e gum biodh sinn mothachail air neo-ghèilleadh. Bidh inbhean sgrùdaidh cuideachd a' cuingealachadh nam modhan sgrùdaidh a tha a dhìth gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh ri sgrùdadh a dhèanamh air stiùirichean agus manaidsearan eile agus a bhith a' sgrùdadh litrichean riaghlaidh agus laghail, ma tha sin ann.

Faodaidh mì-aithrisean susbainteach a tha mar thoradh air foill a bhith nas duilghe a lorg na an fheadhainn a tha ag èirigh bho mhearachd oir faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach falach no co-rùn.

### A' dèanamh feum den aithisg againn

Tha an aithisg seo air a toirt do bhuill na companaidh a-mhàin, mar bhuidheann, a rèir Caibideil 3 de Phàirt 16 de dh'Achd nan Companaidhean 2006. Chaidh an obair sgrùdaidh againn a ghabhail os làimh gus an innseadh sinn do bhuill na companaidh, mar bhuidheann, na cùisean sin a dh'fheumas sinn innse dhaibh ann an aithisg an neach-sgrùdaidh agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. Chun na h-ìre as motha a tha ceadaichte fon lagh, cha bhi sinn a' gabhail ri no a' gabhail os làimh uallach do dhuine sam bith ach a' chompanaidh agus buill na companaidh, mar bhuidheann, airson na h-obrach sgrùdaidh againn, airson na h-aithisg seo, no airson nam beachdan againn.

Azets Audit Services


**Allison Gibson (Ard-neach-sgrùdaidh reachdail)**
**Seirbheisean Sgrùdaidh Azets, Neach-sgrùdaidh Reachdail**
**Titanium**
**1 King's Inch Place**
**Rinn Friù**
**Glaschu**
**PA4 8WF**

**13 Samhain 2024**

# Aithris air Teachd a-steach na Buidhne

## AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Nòtaichean | 2024<br>£000 | 2023<br>£000 |
|---|---|---|---|
| | | | |
| Teachd a-steach | 3 | **29,232** | 26,971 |
| Cosgais nan reicean | | **(55,907)** | (54,126) |
| **Call iomlan** | | **(26,675)** | (27,155) |
| | | | |
| Cosgaisean rianachd | | **(10,670)** | (9,790) |
| Teachd a-steach eile | 4 | **38,940** | 38,005 |
| Buannachdan/(callaidhean) eile | 6 | **218** | 578 |
| **Prothaid obrachaidh** | 5 | **1,813** | 1,638 |
| | | | |
| Cuibhreann den chall obrachaidh anns a' cho-iomairt | 12 | **150** | (30) |
| Cosgaisean ionmhais | 8 | **(79)** | (113) |
| Cosgais ionmhais eile – peinnseanan | 21 | **(525)** | (1,296) |
| **Prothaid bho ghnìomhan leantainneach ro chìsean** | | **1,359** | 199 |
| Cosgais chìsean | 9 | **-** | - |
| **Prothaid bho ghnìomhan leantainneach** | | **1,359** | 199 |

Tha na gnìomhan uile co-cheangailte ri obair leantainneach.

# Aithris na Buidhne air Teachd a-steach Iomlan

## AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Nòtaichean | 2024 | 2023 |
|---|---|---|---|
| | | £000 | £000 |
| **Prothaid airson na bliadhna** | | **1,359** | 199 |
| **Teachd a-steach iomlan eile:** | | | |
| Buannachd a rèir Clèireach-urrais | 21 | **616** | 30,470 |
| Cìsean air nithean co-cheangailte ri eileamaidean de theachd a-steach iomlan eile | | **-** | - |
| Teachd a-steach iomlan eile airson na bliadhna, às dèidh chìsean | | **616** | 30,470 |
| **Teachd a-steach iomlan airson na bliadhna** | | **1,975** | 30,669 |

# Aithris na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan

## AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Nòtaichean | 2024 | 2023 |
|---|---|---|---|
| | | £000 | £000 |
| **Prothaid/(Call) airson na bliadhna** | | **2,212** | (663) |
| **Teachd a-steach iomlan eile:** | | | |
| Buannachd/(call) a rèir Clèireach-urrais | 21 | **3,955** | 25,066 |
| Cìsean air nithean co-cheangailte ri eileamaidean de theachd a-steach iomlan eile | | **-** | - |
| Teachd a-steach iomlan eile airson na bliadhna, às dèidh chìsean | | **3,955** | 25,066 |
| **Teachd a-steach iomlan airson na bliadhna** | | **6,167** | 24,403 |

# Aithris na Buidhne air atharrachaidhean ann an cothromas

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Calpa earrannan £000 | Cosnadh a chumar £000 | Earrannan uile £000 |
|---|---|---|---|
| Air 1 Giblean 2022 | 50 | (35,897) | (35,847) |
| (Call) sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan | - | 199 | 199 |
| Teachd a-steach iomlan eile | - | 30,470 | 30,470 |
| Air 31 Màrt 2023 | 50 | (5,228) | (5,178) |

| | Calpa earrannan £000 | Cosnadh a chumar £000 | Earrannan uile £000 |
|---|---|---|---|
| Air 1 Giblean 2023 | 50 | (5,228) | (5,178) |
| Buannachd sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan | - | 1,359 | 1,359 |
| Teachd a-steach iomlan eile | - | 616 | 616 |
| **Air 31 Màrt 2024** | **50** | **(3,253)** | **(3,203)** |

# Aithris na companaidh air atharrachaidhean ann an cothromas

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Calpa earrannan £000 | Cosnadh a chumar £000 | Earrannan uile £000 |
|---|---|---|---|
| Air 1 Giblean 2022 | 50 | (28,430) | (28,380) |
| (Call) sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan | - | (663) | (663) |
| Teachd a-steach iomlan eile | - | 25,066 | 25,066 |
| Air 31 Màrt 2023 | 50 | (4,027) | (3,977) |

| | Calpa earrannan £000 | Cosnadh a chumar £000 | Earrannan uile £000 |
|---|---|---|---|
| Air 1 Giblean 2023 | 50 | (4,027) | (3,977) |
| Buannachd sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan | - | 2,212 | 2,212 |
| Teachd a-steach iomlan eile | - | 3,955 | 3,955 |
| **Air 31 Màrt 2024** | **50** | **2,140** | **2,190** |

# Aithris na Buidhne air an t-Suidheachadh Ionmhasail

## MAR A BHA E AIR 31 MÀRT 2024

| | Nòtaichean | 2024 | 2023 |
|---|---|---|---|
| **SO-MHAOINEAN** | | **£000** | £000 |
| **So-mhaoinean neo-làithreach** | | | |
| Seilbh, uidheam is acfhainn | 10 | **161,692** | 163,370 |
| Tasgaidhean ann an seilbh | 11 | **3,686** | 3,399 |
| Tasgaidhean air an deach cunntas a dhèanamh tron dòigh-obrach cothromais | 12 | **80** | (62) |
| So-mhaoinean neo-shusbainteach iomlan | 13 | **55** | 55 |
| | | **165,513** | 166,762 |
| **So-mhaoinean làithreach** | | | |
| Malairt is nithean eile a gheibhear | 14 | **6,975** | 8,864 |
| Clàran-seilbhe | 15 | **81** | 104 |
| Airgead is nithean co-ionann | 16 | **429** | 3,730 |
| | | **7,485** | 12,698 |
| **So-mhaoinean iomlan** | | **172,998** | 179,460 |

| | Nòtaichean | 2024 | 2023 |
|---|---|---|---|
| **FÈICHEANASAN** | | | |
| **Fèicheanasan làithreach** | | | |
| Malairt is nithean eile a gheibhear | 17 | **(12,488)** | (16,114) |
| | | **(12,488)** | (16,114) |
| **Fèicheanasan neo-làithreach** | | | |
| Iasad | 18 | **(2,307)** | (3,539) |
| Easbhaidh ann an sgeama peinnsein shochairean suidhichte | 21 | **(3,867)** | (5,796) |
| Subsadaidhean dàilichte | 19 | **(157,539)** | (159,189) |
| | | **(163,713)** | (168,524) |
| **Fèicheanasan iomlan** | | **(176,201)** | (184,638) |
| **FÈICHEANASAN LOM** | | **(3,203)** | (5,178) |

| | Nòtaichean | 2024 | 2023 |
|---|---|---|---|
| **COTHROMAS** | | | |
| Earrainnean àbhaisteach | 22 | **50** | 50 |
| Cosnadh a chumar | | **(3,253)** | (5,228) |
| | | **(3,203)** | (5,178) |

Thug Bòrd nan Stiùirichean aonta seachad gus na h-aithrisean ionmhasail seo fhoillseachadh air 21 Dàmhair 2024 agus chaidh an soidhneadh às an leth le:

**Lorna Jack**
**Cathraiche**

**Paul Kelsall**
**Àrd-oifigeir**

# Aithris na Companaidh air an t-Suidheachadh Ionmhasail

**MAR A BHA E AIR 31 MÀRT 2024**

| | Nòtaichean | 2024 | 2023 |
|---|---|---|---|
| **SO-MHAOINEAN** | **£000** | £000 | |
| **So-mhaoinean neo-làithreach** | | | |
| Seilbh, uidheam is acfhainn | 10 | **153,116** | 153,756 |
| Tasgaidhean ann an seilbh | 11 | **3,686** | 3,399 |
| Tasgaidhean | 12 | **1,998** | 1,998 |
| | | **158,800** | 159,153 |
| **So-mhaoinean làithreach** | | | |
| Malairt is nithean eile a gheibhear | 14 | **10,081** | 11,217 |
| Clàran-seilbhe | 15 | **17** | 65 |
| Airgead is nithean co-ionann | 16 | **223** | 3,304 |
| | | **10,321** | 14,586 |
| **So-mhaoinean iomlan** | | **169,121** | 173,739 |

**FÈICHEANASAN**

| | | | |
|---|---|---|---|
| **Fèicheanasan làithreach** | | | |
| Malairt is nithean eile a gheibhear | 17 | **(11,875)** | (15,637) |
| | | **(11,875)** | (15,637) |
| | | | |
| **Fèicheanasan neo-làithreach** | | | |
| Iasad | 18 | **(2,307)** | (3,539) |
| Easbhaidh ann an sgeama peinnsein shochairean suidhichte | 21 | **(3,867)** | (9,009) |
| Subsadaidhean dàilichte | 19 | **(148,882)** | (149,531) |
| | | **(155,056)** | (162,079) |
| **Fèicheanasan iomlan** | | **(166,931)** | (177,716) |
| | | | |
| **SO-MHAOINEAN (FÈICHEANASAN) LOM** | | **2,190** | (3,977) |

**COTHROMAS**

| | | | |
|---|---|---|---|
| Earrainnean àbhaisteach | 22 | **50** | 50 |
| Cosnadh a chumar | | **2,140** | (4,027) |
| | | **2,190** | (3,977) |

Thug Bòrd nan Stiùirichean aonta seachad gus na h-aithrisean ionmhasail seo fhoillseachadh air 21 Dàmhair 2024 agus chaidh an soidhneadh às an leth le:



**Lorna Jack**
**Cathraiche**



**Paul Kelsall**
**Àrd-oifigeir**

# Aithris na buidhne air sruthan airgid

### AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Nòtaichean | 2024<br>£000 | 2023<br>£000 |
|---|---|---|---|
| **Sruthan airgid bho ghnìomhan obrachaidh** | | | |
| Airgead ga chleachdadh ann an gnìomhan | 23 | **(1,131)** | (5,594) |
| Seilbh, uidheam is acfhainn air an ceannach | | **(12,302)** | (22,789) |
| A' ceannach seilbh tasgaidh | | **(275)** | - |
| Maoin bho bhith a' reic seilbh, uidheam is acfhainn | | **211** | 8,567 |
| Subsadaidh calpa a fhuaradh | | **11,812** | 17,376 |
| Cìs air a phàigheadh | | **-** | - |
| **Sruth-airgid iomlan bho ghnìomhachdan obrachaidh** | | **(1,685)** | (2,440) |
| | | | |
| **Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan tasgaidh** | | | |
| Àrdachadh san iasad do cho-iomairt | | **(26)** | (25) |
| **Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan tasgaidh** | | **(26)** | (25) |
| | | | |
| **Sruthan-airgid bho ghnìomhachd maoineachaidh** | | | |
| Iasad a fhuaradh | | **656** | 1,630 |
| Iasad air a phàigheadh air ais | | **(2,167)** | (1,983) |
| Riadh a fhuaradh/(a chaidh a phàigheadh) | | **(79)** | (113) |
| **Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan maoineachaidh** | | **(1,590)** | (466) |
| | | | |
| **Meudachadh lom ann an airgead is sùimeannan co-ionann ri airgead** | | **(3,301)** | (2,931) |
| **Airgead is sùimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna** | | **3,730** | 6,661 |
| **Airgead is sùimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna** | | **429** | 3,730 |

# Aithris na Companaidh air Sruthan Airgid

## AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2024

| | Nòtaichean | 2024 £000 | 2023 £000 |
|---|---|---|---|
| **Sruthan airgid bho ghnìomhan obrachaidh** | | | |
| Airgead ga chleachdadh ann an gnìomhan | 23 | **(973)** | (6,003) |
| Seilbh, uidheam is acfhainn air an ceannach | | **(11,924)** | (21,978) |
| A' ceannach seilbh tasgaidh | | **(275)** | - |
| Maoin bho bhith a' reic seilbh, uidheam is acfhainn | | **210** | 8,578 |
| Subsadaidh calpa a fhuaradh | | **11,434** | 16,839 |
| Cìs air a phàigheadh | | **-** | - |
| **Sruth-airgid iomlan bho ghnìomhachdan obrachaidh** | | **(1,528)** | (2,564) |

| | | | |
|---|---|---|---|
| **Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan tasgaidh** | | | |
| Àrdachadh san iasad do cho-iomairt | | **(26)** | (25) |
| **Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan tasgaidh** | | **(26)** | (25) |

| | | | |
|---|---|---|---|
| **Sruthan-airgid bho ghnìomhachd maoineachaidh** | | | |
| Iasad a fhuaradh | | **656** | 1,629 |
| Iasad air a phàigheadh air ais | | **(2,099)** | (1,983) |
| Riadh (a chaidh a phàigheadh) | | **(84)** | (113) |
| **Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan maoineachaidh** | | **(1,527)** | (467) |

| | | | |
|---|---|---|---|
| **Meudachadh lom ann an airgead is sùimeannan co-ionann ri airgead** | | **(3,081)** | **(3,056)** |
| **Airgead is sùimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna** | | **3,304** | **6,360** |
| **Airgead is sùimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna** | | **223** | **3,304** |

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

1. **Ùghdarrachadh nan aithrisean ionmhais agus Aithris Gèillidh**

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta agus na fo-chompanaidhean aige (a' Bhuidheann) airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024 ùghdarrachadh airson foillseachadh le Bòrd nan stiùirichean air 21 Dàmhair 2024 agus chaidh an Duilleag Cothromachaidh a shoidhnigeadh às leth a' Bhùird le Lorna Jack agus Paul Kelsall.

Chaidh aithrisean ionmhais na Buidhne ullachadh a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta ris an deach gabhail san RA (IAS ris an deach gabhail san RA).

Tha prìomh phoileasaidhean cunntasachd na Buidhne air am mìneachadh ann an nòta 2.

## 2.1 Poileasaidhean Cunntasachd

**(a) Modh ullachaidh**

Chaidh na cunntasan seo ullachadh a rèir modh na cosgais eachdraidheil, gus cunntas a thoirt air an ath-luachadh air seilbh, agus air sgeama peinnsein shochairean suidhichte aig luach cothromach. Tha na h-aithrisean ionmhais co-dhaingnichte air an toirt seachad ann an Sterling agus tha gach luach air an cruinneachadh dhan mhìle as fhaisg (£000) ach a-mhàin nuair a thèid an caochladh a ràdh. Tha a' Chompanaidh air a saoradh bhon riatanas gus cunntas prothaid is call fa leth a chur a-steach fo earrann 408 de dh'Achd nan Companaidhean 2006.

**(b) Buidheann a tha a' cumail a' dol**

A rèir an fhiosrachaidh a tha ri fhaotainn dhaibh, tha an dùil reusanta aig an Luchd-stiùiridh gu bheil goireasan ionmhais iomchaidh aig a' Bhuidhinn gus cumail a' dol san ùine a tha air thoiseach oirnn.

Mar thoradh air easbhaidh pheinnseanan IAS 19, tha fèicheanasan lom de £3.203m aig a' Bhuidhinn agus tha fèicheanasan lom de £2.190m aig a' Chompanaidh air 31 Màrt 2024. Tha an suidheachadh seo a thaobh fèicheanasan loma mar thoradh air a bhith a' gabhail a-steach fèicheanasan peinnsein fad-ùine dhan dhuilleig cothromachaidh agus chan eil e a' sealltainn comas na buidhne no na companaidh cumail a' dol mar ghnìomhachas leantainneach no a bhith a' pàigheadh nam fèicheanasan nuair a tha an t-àm ann am pàigheadh. Mar sin, tha a' Bhuidheann agus a' Chompanaidh air gabhail ri modhan cunntasachd a tha a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol nuair a tha iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail bliadhnail aca.

## 2.2 Modh Co-dhaingneachaidh

Is iad na h-Aithrisean Ionmhais co-dhaingnichte na h-aithrisean ionmhais aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta agus na fo-chompanaidhean aige air 31 Màrt 2024.

Tha fo-chompanaidhean air an làn cho-dhaingneachadh bhon cheann-latha a fhuaradh iad, is e sin an ceann-latha air am faigh a' Bhuidheann smachd, agus cumaidh iad orra a bhith air an co-dhaingneachadh gus an ceann-latha air an sguir an smachd sin.Tha aithrisean ionmhais nam fo-chompanaidhean air an ullachadh airson an aon àm aithris ris a' Chompanaidh phàrantaich, agus a' cleachdadh nan aon phoileasaidhean cunntasachd.

Tha cothromachaidhean, teachd a-steach agus cosgaisean taobh a-staigh na buidhne, agus buannachdan is callaidhean nach deach a thoirt gu buil bho thar-ghnìomhan taobh a-staigh na buidhne air an toirt a-mach gu lèir.

## 2.3 Prìomh Phoileasaidhean Cunntasachd

**(a) Ag aithneachadh teachd a-steach**

Tha teachd-a-steach air aithneachadh a rèir IFRS 15: Teachd-a-steach bho Chùmhnantan le Custamairean agus tha e a' gabhail a-steach sùimeannan a fhuaireadh agus tha rim faighinn a thaobh seirbheisean puirt-adhair a tha air an toirt seachad san RA. Thathar ag aithneachadh teachd-a-steach nuair a tha e coltach gun tig na buannachdan eaconamach dhan Bhuidhinn agus gun urrainnear an teachd-a-steach a thomhas gu h-earbsach. Tha teachd a-steach air a thomhas aig luach cothromach den t-sùim a fhuaradh, a' toirt air falbh lasachaidhean, ais-ìocan agus cìsean reic no cìsean cusbainn.

'S e am prìomh shruth teachd a-steach cìsean phort-adhair a tha air an aithneachadh nuair a tha an t-seirbheis cho-cheangailte air a toirt seachad. A bharrachd air seo, tha teachd-a-steach màl air a chosnadh tro bhith a' toirt seachad togalaichean agus/no pàirtean de thogalaichean air màl do dhiofar theanantan agus tha e air aithneachadh air stèidh loidhne dhìreach thar ùine a' mhàil. Tha teachd-a-steach, gun a bhith a' gabhail a-steach cìs luach-leasaichte, a gheibhear bho lìosan phlèanaichean air aithneachadh air stèidh loidhne dhìreach thar ùine an lìosa.

**(b) Tabhartasan Riaghaltais**

Tha tabhartasan riaghaltais air an aithneachadh nuair a tha dearbhadh reusanta ann gum faighear an tabhartas agus gun leanar na cumhachan ceangailte.

Gheibhear subsadaidhean riaghaltais bho Riaghaltas na h-Alba a rèir Earrann 34 de dh'Achd Itealanachd Catharra Shìobhalta 1982 cho math ri tabhartasan teachd a-steach is calpa eile. Tha tabhartasan an riaghaltais a thaobh caiteachas calpa air an cur gu cunntas teachd-a-steach dhàilichte agus tha iad air an leigeil a-mach dhan Aithris Teachd-a-steach le sùimeannan bliadhnail co-ionann thar na beatha cleachdaidh ris a bheil dùil aig na so-mhaoinean buntainneach. Tha tabhartasan de sheòrsa teachd-a-steach air an cur ris mar theachd-a-steach eile gus am maidseadh leis a' chosgais ris a bheil iad a' buntainn. Tha gach subsadaidh dàilichte taobh a-staigh fèicheanasan neo-làthaireach.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

**(c) Cìsean teachd a-steach**

Tha so-mhaoin is fèicheanasan cìse làithreach air an tomhas aig an t-sùim a thathar an dùil a gheibhear air ais no a thèid a phàigheadh do na h-ùghdarrasan cìse, stèidhichte air ìrean cìse agus laghan a chaidh a chur an gnìomh no a chur an gnìomh gu ìre mhòr ro cheann-latha na duilleig cothromachaidh.

Tha cìs teachd-a-steach dhàilichte air a h-aithneachadh air a h-uile eadar-dhealachadh sealach a tha ag èirigh eadar bunaitean cìse so-mhaoin is fèicheanasan agus na sùimeannan giùlain aca sna h-aithrisean ionmhais, ach a-mhàin na leanas:

- far a bheil an t-eadar-dhealachadh sealach ag èirigh bho aithneachadh tùsail de goodwill no so-mhaoin no fèicheanas ann an tàr-ghnìomh nach eil na co-dhaingneachadh gnìomhachais nach bi aig àm an tar-ghnìomh a' toirt buaidh air cunntasachd no prothaid no call air an gabh cìsean a phàigheadh;
- a thaobh eadar-dhealachaidhean sealach a thaobh sùimeannan air an gabh cìsean a phàigheadh co-cheangailte ri tasgaidhean ann am fo-chompanaidhean agus co-iomairtean, far an urrainnear smachd a chumail air àm ath-thionndadh nan eadar-dhealachaidhean sealach agus far a bheil e coltach nach till na h-eadar-dhealachaidhean sealach san àm ri teachd; agus;
- far nach eilear ag aithneachadh so-mhaoinean cìs teachd a-steach dàilichte ach chun ìre is gu bheil e coltach gum bi prothaid ann air an gabh cìsean a phàigheadh leis an urrainnear na h-eadar-dhealachaidhean sealach, creideasan cìse no callaidhean cìse a chaidh a ghiùlan air adhart a chleachdadh.

Tha so-mhaoin agus fèicheanasan cìs teachd a-steach dàilichte air an tomhas air stèidh neo-lasaichte aig na h-ìrean cìse a thathar an dùil a bhios an sàs nuair a thèid an t-so-mhaoin a thoirt gu buil no nuair a thèid am fèicheanas a rèiteach, stèidhichte air ìrean cìse agus laghan cìse air an cur an gnìomh no air an cur an gnìomh gu ìre mhòr air ceann-latha na duilleig cothromachaidh.

Tha cìsean teachd a-steach air an cur ris, no air an toirt air falbh, gu dìreach bho chothromas ma tha e a' buntainn ri nithean a tha air an cur ri no air an toirt air falbh bho chothromas. Anns gach suidheachadh eile, tha cìs teachd a-steach air aithneachadh san Aithris air Teachd a-steach.

**(d) Peinnseanan**

Tha a' Bhuidheann a' gabhail pàirt ann an dà sgeama le sochairean suidhichte agus aon sgeama thabhartasan comharraichte. Bidh a' Chompanaidh a' ruith Sgeama Peinnsein Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean, sgeama sochairean suidhichte. Tha luchd-obrach Port-adhair Dhùn Dè a' gabhail pàirt ann am Maoin Superannuation Taobh Tatha, air a ruith le Comhairle Baile Dhùn Dè. Tha a' Bhuidheann cuideachd a' gabhail pàirt ann an Sgeama Peinnsein *the People's Pension*, a tha na sgeama tabhartais comharraichte sam bi luchd-obrach na Buidhne a' gabhail pàirt tro chlàradh fèin-obrachail.

Tha cosgais solarachadh nan sochairean fo na planaichean sochairean suidhichte air obrachadh a-mach airson gach plana fa leth a' cleachdadh dòigh nan aonad ro-mheasta, a tha a' buileachadh còir air sochairean chun na h-ùine làithrich (gus cosgais seirbheis làithreach obrachadh a-mach) agus na h-amannan làithreach agus roimhe (gus an luach làithreach de dh'uallachaidhean airson shochairean suidhichte) agus tha e stèidhichte air comhairle bho chlèireach-urrais.

Tha cosgaisean seirbheis san àm a dh'fhalbh air an aithneachadh mar chosgais air stèidh loidhne dhìreach thar na h-ùine cuibheasaich gus am bi na buannachdan air am buileachadh. Ma tha na buannachdan air am buileachadh mar-thà, dìreach às dèidh plana peinnsein a thoirt a-steach no atharrachadh, tha cosgaisean seirbheis san àm a dh'fhalbh air an aithneachadh sa bhad.

Tha an eileamaid de riadh ann an cosgais nan sochairean suidhichte a' riochdachadh an atharrachaidh ann an luach làithreach uallaichean an sgeama mar thoradh air an ùine a bhith a' dol seachad, agus tha e air obrachadh a-mach le bhith a' cur na h-ìre lasachaidh an sàs ann an luach làithreach an uallaich a thaobh sochair, a' toirt aire do dh'atharrachaidhean susbainteach san uallach tron bhliadhna. Tha an riadh air so-mhaoinean a' Phlana stèidhichte air measadh a chaidh a dhèanamh aig toiseach na bliadhna air toraidhean fad-ùine na margaidh air so-mhaoinean an sgeama, air atharrachadh airson na buaidh aig luach cothromach so-mhaoinean a' phlana de thabhartasan a fhuaireadh agus sochairean a chaidh a phàigheadh tron bhliadhna. Tha an t-eadar-dhealachadh eadar an riadh air so-mhaoinean a' phlana agus cosgais an rèidh air dleastanasan air aithneachadh anns an aithris teachd-a-steach mar theachd-a-steach no cosgais ionmhais eile.

Tha a' Bhuidheann air an roghainn a chur an sàs ann an sochairean luchd-obrach IAS 19 gus buannachdan agus call a rèir clèireach-urrais aithneachadh gu h-iomlan anns an aithris air Teachd-a-steach Iomlan san ùine sa bheil iad a' tachairt.

Tha an còrrlach no easbhaidh ann an sochair suidhichte a' gabhail a-steach luach làithreach an uallaich shochairean suidhichte (a' cleachdadh ìre lasachaidh stèidhichte air bannan corporra àrd-inbhe), a' toirt air falbh cosgaisean seirbheis san am a dh'fhalbh nach deach aithneachadh fhathast agus a' toirt air falbh luach cothromach so-mhaoin a' phlana às an tèid na h-uallachaidhean a phàigheadh.

Tha a' bhuidheann cuideachd a' gabhail pàirt ann an sgeama tabhartais comharraichte. Bidh cosgaisean nan sgeamaichean sin air an sgrìobhadh dheth dhan Aithris Teachd-a-steach air bunait tàrmaichte.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

**(e) Seilbh, uidheam is acfhainn**

Tha seilbh, uidheam is acfhainn air a clàradh aig cosgais às aonais ìsleachadh cruinnichte agus ìos-sgrìobhadh cruinnichte. Tha na cosgaisean seo a' gabhail a-steach a bhith ag ùrachadh pàirt den uidheam is acfhainn ma thèid na riaghailtean aithneachaidh a choileanadh. Mar an ceudna, nuair a thèid sgrùdadh mòr a dhèanamh, thèid a chosgais a chomharrachadh ann an luach giùlain airson uidheam is acfhainn mar nì ath-nuadhaichte ma thèid na riaghailtean aithneachaidh a choileanadh. Tha a h-uile cosgais càraidh is cumail suas eile air an aithneachadh san Aithris Teachd a-steach mar chosgais nuair a dh'èirich iad.

Tha ìsleachadh luach air a thoirt seachad air a' chosgais, a' toirt air falbh an luach iarmadaich aig an t-seilbh, uidheam is acfhainn uile, ach a-mhàin fearann, air dòigh loidhne-dhìreach thairis air a' bheatha fheumail ris a bheil dùil mar a leanas:

**Saor-sheilbheachd air fearann agus toglaichean**

| | |
|---|---|
| Fearann | gun ìsleachadh luach |
| Toglaichean le Saor-sheilbheachd | bho 6 bliadhna gu 60 bliadhna |
| Talamh is toglaichean liosaichte | thairis air a' chòrr de bheatha an liosa suas ri 50 bliadhna aig a' char as motha. |
| Pàircean-chàraichean | bho 10 bliadhna gu 45 bliadhna |
| So-mhaoinean a tha gan togail | Gun ìsleachadh gus an tèid an t-so-mhaoin a chleachdadh gu gnìomhach |

**Uidheam is acfhainn**

| | |
|---|---|
| Innealan-iùil | bho 5 bliadhna gu 20 bliadhna |
| Raointean-laighe, apranan agus prìomh-sheirbheisean | bho 3 bliadhna gu 50 bliadhna |
| Plèanaichean agus Pàirtean do Phlèanaichean | thairis air 25 bliadhna |
| Carbadan | bho 5 bliadhna gu 10 bliadhna |
| Carbadan puirt-adhair sònraichte | bho 10 bliadhna gu 20 bliadhna |
| Uidheam IT is acfhainn | bho 3 bliadhna gu 10 bliadhna |
| Àirneis is goireasan oifise | bho 3 bliadhna gu 5 bliadhna |

Tha luachan giùlain thogalaichean, uidheam is acfhainn air an ath-sgrùdadh airson ìos-sgrìobhaidh ma tha tachartasan no atharrachaidhean ann an suidheachaidhean a' comharrachadh gur dòcha nach gabh an luach giùlain fhaighinn air ais, agus tha iad air an sgrìobhadh sìos sa bhad aig an t-sùim a ghabhas faighinn air ais. Bithear ag ath-sgrùdadh beathannan feumail agus luachan iarmadach gach bliadhna agus far a bheil atharrachaidhean a dhìth, thèid an cur ann airson an àm ri teachd.

Tha eileamaid de sheilbh, acfhainn no uidheamachd air a dì-aithneachadh nuair a gheibhear cuidhteas i no far nach eilear an dùil gun èirich buannachdan eaconamach sam bith bho bhith a' leantainn air adhart a' cleachdadh na so-mhaoin. Tha buannachd no call sam bith a tha ag èirigh mar thoradh air dì-aithneachadh na so-mhaoin air a ghabhail a-steach san Aithris Teachd a-steach anns an ùine dhì-aithneachadh.

Tha soithichean-adhair air an clàradh aig cosgais, le ìsleachadh càrnte air a thoirt air falbh. Tha cosgaisean a' gabhail a-steach cosgaisean a tha ceangailte gu dìreach le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an soitheach-adhair ann an staid far am bi e freagarrach gus cleachdadh.

**(f) Co-aonachadh Ghnìomhachasan**

Thathar a' clàradh faighinn fho-chompanaidhean fo IFRS 3 Co-aonachadh Ghnìomhachasan a' cleachdadh na dòigh ceannaich. Tha cosgais a bhith a' faighinn na fo-chompanaidh air a thomhas aig luach cothromach nan so-mhaoinean a fhuaradh, na h-earrannan a chaidh fhoillseachadh agus na fèicheanasan a fhuaireadh air latha an tar-ghluasad cho math ri cosgaisean a bha mar thoradh dìreach air a bhith ga cheannach. Tha so-mhaoinean aithnichte a fhuaireadh, fèicheanasan agus fèicheanas a dh'fhaodadh a bhith ann, a fhuaras ann an co-aonachadh gnìomhachais air an tomhas an toiseach aig luach chothromach aig ceann-latha na ceannachd ge b' e dè an ìre de dh'ùidh bheag-chuid a th' ann.

**(g) Tasgaidhean ann an co-iomairtean**

Thathar a' dèiligeadh ri buidhnean anns a bheil ùidh aig a' Bhuidhinn san fhad-ùine agus a tha fo smachd na Buidhne agus aon no barrachd luchd-iomairt eile fo rèiteachadh cùmhnant mar cho-iomairtean. Tha a' Bhuidheann a' comharrachadh a h-ùidh ann an co-iomairtean tron dòigh-obrach cothromais. Bidh a' Bhuidheann a' foillseachadh a roinn iomlan den phrothaid no call aig co-iomairtean air aghaidh an Aithris Teachd a-steach agus tha na tasgaidhean air an comharrachadh mar sho-mhaoinean neo-làithreach air aghaidh na Duilleig Cothromachaidh.

**(h) Tasgaidhean ann an seilbh**

Tha tasgaidhean ann an seilbh air am meas air cosgais aig an toiseach, a' gabhail a-steach cosgaisean tar-ghnìomhan. Às dèidh aithneachadh tòiseachail, tha tasgaidhean ann an seilbh air an aithris aig na luachan cothroman, a tha a rèir suidheachadh na margaidh air latha na duilleig cothromachaidh. Tha buannachdan no call a thig bho atharrachaidhean ann an luach cothromach tasgaidhean ann an seilbh air an gabhail a-steach san Aithris Teachd-a-steach anns a' bhliadhna anns an èirich iad.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

**(h) Tasgaidhean ann an seilbh (a' leantainn)**

Tha tasgaidhean ann an seilbh air an dì-aithneachadh nuair a fhuaradh cuidhteas iad no nuair a tha an tasgadh ann an seilbh air a thoirt a-mach à cleachdadh gu maireannach agus chan eil dùil ri buannachd eaconamach sam bith eile bho bhith faighinn cuidhteas e. Tha an t-eadar-dhealachadh eadar an toradh cuidhteas lom agus sùim giùlain na so-mhaoin air aithneachadh anns an Aithris Teachd-a-steach anns an ùine san do thachair an dì-aithneachadh.

Tha tar-ghluasadan air an dèanamh gu no bho thasgaidhean ann an seilbh dìreach nuair a tha atharrachadh ann an cleachdadh ann. Airson gluasadan bho sheilbh a tha na sho-mhaoin tasgaidh gu seilbh sealbhadair-còmhnaidh, is e a' chosgais mheasta airson cunntasachd às dèidh sin an luach cothromach aig ceann-latha an atharrachaidh cleachdaidh. Ma thèid seilbh sealbhadair-còmhnaidh gu bhith na sheilbh tasgaidh, bidh a' Bhuidheann a' toirt cunntas air an togalach sin a rèir a' phoileasaidh a chaidh ainmeachadh fo sheilbh, uidheam acfhainn suas gu ceann-latha an atharrachadh cleachdaidh.

**(i) So-mhaoinean Neo-shusbainteach**

Bithear a' tomhas sho-mhaoinean neo-shusbainteach a gheibhear air leth aig cosgais an toiseach. Bithear a' tomhas sho-mhaoinean neo-shusbainteach a gheibhear ann an co-aonachadh gnìomhachasan an toiseach aig cosgais mar na luachan cothromach aca aig ceann-latha an tar-ghluasaid. Às dèidh aithneachadh tùsail, thèid so-mhaoinean neo-shusbainteach a ghiùlan aig cosgais a' toirt air falbh luach-chrìonadh cruinnichte agus ìos-sgrìobhadh cruinnichte. Tha so-mhaoinean neo-shusbainteach air an luach-chrìonadh thairis air a' bheatha eaconamach fheumail chrìochnach aca.

Tha so-mhaoinean neo-shusbainteach le beatha chrìochnach air an luachachadh thar na beatha eaconamaich fheumail aca agus tha iad air am measadh airson ìos-sgrìobhadh gach turas a tha comharra ann gum faodadh ìos-sgrìobhadh a bhith air an t-so-mhaoin neo-shusbainteach. Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air dòigh agus àm luach-chrìonaidh airson so-mhaoin neo-shusbainteach le beatha fheumail chrìochnach co-dhiù aig gach deireadh bliadhna ionmhais. Thathar a' toirt cunntas air atharrachaidhean anns a' bheatha fheumail ris a bheil dùil no air a' phàtran caitheamh ris a bheil dùil de bhuannachdan eaconamach san àm ri teachd le bhith ag atharrachadh na h-ùine no dòigh luach-crìonaidh, mar a bhios iomchaidh, agus bithear a' làimhseachadh seo mar atharrachaidhean anns na tuairmsean cunntasachd. Tha a' chosgais luach-chrìonadh air so-mhaoin neo-shusbainteach le beatha chrìochnaich air comharrachadh anns an Aithris Teachd-a-steach anns an roinn chosgaisean a tha a rèir foincsean na so-mhaoin neo-shusbainteach.

Tha na beathannan feumail a leanas air an cleachdadh nuair a thathar ag obair a-mach luach-chrìonadh:

**So-mhaoinean neo-shusbainteach** – 7-60 bliadhna a thaobh cumhnantan lìosa.

**(j) Ìos-sgrìobhadh air so-mhaoinean neo-ionmhasail**

Chaidh tòrr de na so-mhaoinean neo-ionmhasail aig a' bhuidhinn, a' gabhail a-steach goodwill, a mhaoineachadh 100% le tabhartasan. A rèir IAS 36 ìos-sgrìobhadh so-mhaoinean, tha tabhartas a tha air aithneachadh mar theachd a-steach dhàilichte a tha a' buntainn ri so-mhaoin neo-ionmhasail air a thoirt air falbh bho shùim giùlain na so-mhaoin airson adhbharan deuchainn ìos-sgrìobhaidh airson na so-mhaoin sin. Mar sin, chan eil feum air deuchainn ìos-sgrìobhadh air so-mhaoinean neo-ionmhasail, far a bheil na so-mhaoinean sin air am maoineachadh le tabhartasan.

Airson nan so-mhaoinean nach deach a mhaoineachadh gu h-iomlan tro thabhartasan, tha a' Bhuidheann a' measadh a bheil comharran ìos-sgrìobhaidh ann aig gach ceann-latha aithris. Bithear a' dèanamh deuchainn ìos-sgrìobhaidh air so-mhaoinean nuair a tha comharran ann gur dòcha nach fhaighear na sùimeannan giùlain air ais. Is e an t-sùim a ghabhas faighinn air ais bho sho-mhaoin no aonad gineadh airgid am figear as àirde de na leanas: a luach cothromach gun na cosgaisean airson a reic, agus a luach ann an cleachdadh.

Nuair a thèid àireamhachadh luach cleachdaidh a dhèanamh, feumaidh na stiùirichean tuairmse a dhèanamh air na sruthan airgid ris am biodh dùil bhon t-so-mhaoin no aonad gineadh airgid agus feumaidh iad ìre lasachaidh iomchaidh a thaghadh gus luach làithreach nan sruthan airgid sin obrachadh a-mach. Tha measadh air a dhèanamh aig gach ceann-latha aithris a thaobh a bheil comharra sam bith ann gur dòcha nach eil call ìos-sgrìobhaidh a bha aithnichte roimhe fhathast ann, no gu bheil e air lùghdachadh. Ma tha an leithid de chomharradh ann, nì a' Bhuidheann tuairmse air an t-sùim a ghabhas faighinn air ais bhon mhaoin no bhon aonad gineadh airgid. Chan eilear ag ath-thilleadh call ìos-sgrìobhaidh a bh' ann roimhe ach a-mhàin ma tha atharrachadh air a bhith anns na beachdan a chaidh a chleachdadh gus an t-sùim a gheibhear air ais bhon t-so-mhaoin obrachadh a-mach bho chaidh an call ìos-sgrìobhaidh mu dheireadh aithneachadh. Tha an t-ath-thilleadh cuibhrichte gus nach bi sùim giùlain na so-mhaoin nas àirde na an t-sùim a ghabhas fhaighinn air ais, no nas àirde na an t-sùim giùlain a bhiodh air a dhearbhadh, lom bho ìsleachadh, mura robh call ìos-sgrìobhadh sam bith air a bhith air aithneachadh airson na so-mhaoin ann an amannan aithris roimhe.

**(k) Airgead agus tasgaidhean sealach**

Tha airgead agus tasgaidhean sealach a' gabhail a-steach airgead sa bhanca agus airgead ri làimh.

**(l) Ullachaidhean**

Tha ullachadh air aithneachadh nuair a tha uallach laghail no saor-thoileach aig a' Bhuidhinn mar thoradh air tachartas san àm a dh'fhalbh, far a bheil e coltach gum bi feum air às-sruthadh de bhuannachdan eaconamach gus an dleastanas a rèiteachadh agus far am faodar tuairmse earbsach a dhèanamh air meud an uallaich. Ma tha a' bhuaidh shusbainteach, tha sruthan airgid ris a bheil dùil san àm ri teachd air an lasachadh le bhith a' cleachdadh ìre ro-chìsean làithreach a tha a rèir, far a bheil sin iomchaidh, na cunnartan a tha sònraichte dhan uallach sin.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

(m) **Clàran-seilbhe**

Tha clàran-seilbhe air an aithris aig a' chosgais as ìsle eadar cosgais agus luach lom ri fhaighinn.

Tha an luach lom a ghabhas a choileanadh stèidhichte air prìs reic thuairmseach, a' toirt air falbh cosgaisean sam bith eile a thathar an dùil a bhios ann ro chrìochnachadh no cuidhteas.

(n) **Malairt is nithean eile a gheibhear**

Tha nithean malairt a gheibhear, aig a bheil teirmichean creideis 30-latha, mar as trice air an aithneachadh agus air an giùlan aig an luach as ìsle - an luach fàirdeil thùsail no an t-sùim a ghabhas fhaighinn air ais. Far a bheil luach-ama an airgid buntainneach, bithear a' giùlan nithean a tha rim faighinn aig cosgais le luach-chrìonadh. Tha ullachaidhean gan dèanamh nuair a tha fianais neo-chlaon ann nach tèid aig a' Bhuidheann air sùimeannan fhaighinn air ais gu h-iomlan. Tha cothromachaidhean air an sgrìobhadh dheth nuair a thathar a' meas gu bheil e gu math mì-choltach gum faighear an t-airgead air ais.

(o) **So-mhaoinean ionmhasail**

So-mhaoinean ionmhasail, taobh a-staigh sgòp Ionnsramaidean Ionmhasail IAS 39: Tha Aithneachadh agus Tomhas, air an aithneachadh nuair a thig a' Bhuidheann gu bhith na pàrtaidh anns na cùmhnantan a dh'adhbharaicheas iad agus nuair a tha air an comharrachadh mar sho-mhaoinean ionmhasail aig luach cothromach tro phrothaid no call, iasadan agus nithean eile a gheibhear, tasgaidhean air an cumail gu abachadh no so-mhaoinean ionmhais ri fhaighinn airson a reic mar a bhios iomchaidh. Bidh a' Bhuidheann a' co-dhùnadh mar a thèid na so-mhaoinean ionmhasail aice a chomharrachadh nuair a thèid an aithneachadh an toiseach agus, far a bheil e ceadaichte agus iomchaidh, nì i measadh air a' chomharrachadh seo aig deireadh gach bliadhna ionmhais.

Nuair a dh'aithnichear so-mhaoinean ionmhasail an toiseach, tha iad air an tomhas aig luach cothromach: 's e sin prìs an tar-ghnìomh agus, airson so-mhaoinean ionmhasail nach eil aig luach cothromach tro phrothaid no call, cosgaisean tar-ghnìomh dìreach.

Bidh a' Bhuidheann a' co-dhùnadh a bheil tàilleabhan leabaichte ann an cùmhnant nuair a ghabhas a' bhuidheann ris a' chùmhnant an toiseach. Tha na tàilleabhain air an eadar-dhealachadh bhon chùmhnant anns a bheil iad mur eil iad air an tomhas aig luach cothromach tro phrothaid is call agus nuair nach eil na feartan agus riosgan eaconamach dlùth-cheangailte ris an fheadhainn anns a' chùmhnant anns a bheil iad. Cha tèid ath-mheasadh a dhèanamh ach ma tha atharrachadh ann an cumhachan a' chùmhnaint a dh'atharraicheas gu mòr na sruthan airgid a bhiodh a dhìth air dhòigh eile.

Thathar ag aithneachadh ceannach no reic so-mhaoinean ionmhasail far am feumar so-mhaoinean a lìbhrigeadh taobh a-staigh ùine a chaidh a stèidheachadh le riaghailt no cleachdadh sa mhargaidh (dòigh malairt chunbhalach) air ceann-latha an tar-ghnìomh, mar an ceann-latha a bhios a' Bhuidheann a' gealltainn an t-so-mhaoin a cheannach no a reic.

Tha mar a thèid so-mhaoinean ionmhasail a mheas an uair sin a' crochadh air mar a thèid an seòrsachadh. Chan eil so-mhaoinean ionmhasail aig a' Bhuidheann aig luach cothromach tro phrothaid no call, no tasgadh sam bith aig ìre abaich. Tha nithean malairt a gheibhear aig a' Bhuidhinn agus tha a' Bhuidheann air iasad fad-ùine a thoirt do Phàirce Gnìomhachais Port Adhair Inbhir Nis Earranta (IABP), companaidh air a bheil co-smachd aice. Tha seo na sho-mhaoin ionmhasail agus tha e air a chlàradh fo Iasadan agus nithean eile a gheibhear.

**Iasadan agus nithean eile a gheibhear**

Tha iasadan agus nithean eile a gheibhear nan so-mhaoinean ionmhasail nach eil nan tàilleabhain aig a bheil pàighidhean suidhichte no a ghabhas obrachadh a-mach nach eil air an liostadh ann am margadh gnìomhach, nach eil gam meas mar sho-mhaoinean malairt, agus nach deach a chomharrachadh an dàrna cuid mar luach cothromach tro phrothaid is call no "ri fhaighinn airson reic". Tha so-mhaoinean mar seo air an giùlan aig cosgais luach-chrìonte a' cleachdadh dòigh na h-ìre rèidh èifeachdaich (EIR) ma tha luach-ama an airgid susbainteach. Thathar ag aithneachadh bhuannachdan agus challaidhean nuair a thèid na h-iasadan agus nithean a gheibhear a dhì-aithneachadh no ìos-sgrìobhadh, cho math ri pròiseas am luach-chrìonaidh.

(p) **Fèicheanasan ionmhasail**

**Nithean malairt rim pàigheadh**

Tha nithean malairt rim pàigheadh mar dhleastanasan gus pàigheadh airson bathar no seirbheisean a fhuaradh bho sholaraichean ann an cùrsa gnìomhachais àbhaisteach. Tha nithean malairt rim pàigheadh air an seòrsachadh mar fhèicheanasan làithreach ma dh'fheumar am pàigheadh taobh a-staigh bliadhna no nas lugha, no mar fhèicheanasan neo-làthaireach ma dh'fheumar am pàigheadh às dèidh còrr is bliadhna.

**Iasadan**

Tha iasadan air an aithneachadh air luach cothromach an toiseach, às dèidh cosgaisean tar-chur. Às dèidh sinn, tha iasadan air an giùlan aig cosgaisean le luach-chrìonadh.

(q) **Ath-sgrùdadh air ìos-sgrìobhadh so-mhaoinean ionmhasail**

Bidh a' Bhuidheann a' meas air ceann-latha gach duilleag cothromachaidh a bheil so-mhaoinean ionmhasail no buidhnean de sho-mhaoinean ionmhasail air ìos-sgrìobhadh. Tha nithean malairt a gheibhear agus iasadan rim faighinn san ùine ghoirid aig a' Bhuidhinn. Bithear a' sgrùdadh nan so-mhaoinean airson ìos-sgrìobhadh mar a leanas:

**So-mhaoinean air an giùlan aig cosgaisean le luach-chrìonadh**

A thaobh nithean malairt a gheibhear agus iasadan rim faighinn sa gheàrr-ùine, tha ullachadh ann airson ìos-sgrìobhadh nuair a tha fianais reusanta ann (leithid briseadh creideis no duilgheadasan ionmhais mòra an neach-fiach) nach bi e comasach dhan Bhuidhinn na sùimeannan gu lèir fhaighinn air ais a bha rim pàigheadh fo chumhachan tùsail an fhàirdeil. Tha sùim giùlain an nì a gheibhear a' lùghdachadh tro bhith a' cleachdadh cunntas cuibhrinn. Tha fiachan ìos-sgrìobhte air an dì-aithneachadh nuair a thathar a' meas nach fhaighear air ais iad.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

### 2.4 Breithneachaidhean agus adhbharan mì-chinnt ann an tuairmsean

Gus aithrisean ionmhais co-dhaingnichte na Buidhne ullachadh, feumaidh stiùirichean breithneachaidhean, tuairmsean agus ro-bheachdan a dhèanamh a bheir buaidh air na sùimeannan teachd-a-steach, cosgaisean, so-mhaoinean is fèicheanasan a thèid aithris, agus air foillseachadh nam fèicheanasan a dh'fhaodadh a bhith ann, aig a' cheann-latha aithris. Ach, leis gur e tuairmse a th' ann, dh'fhaodte gum bi na toraidhean an da-rìreabh eadar-dhealaichte bho na tuairmsean seo.

Thug na breithean, measaidhean agus ro-bheachdan a' bhuaidh a bu mhotha air sùimeannan a chaidh aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhais co-dhaingnichte:

**Ath-luachadh nan tasgaidhean ann an seilbh**

Bidh a' Bhuidheann a' giùlan a tasgaidhean ann an seilbh aig luach cothromach, le atharrachaidhean air luach-chothromach air an aithneachadh anns an Aithris air Teachd a-Steach. Dh'fhastaich a' bhuidheann eòlaichean luachaidh neo-eisimeileach gus an luach cothromach air 31 Màirt 2024 obrachadh a-mach. Airson nan tasgaidhean ann an seilbh, chleachd an neach-luachaidh dòigh luachaidh stèidhichte air modail sruth-airgid lasaichte atharraichte oir tha dìth dàta margaidh coimeasach ann mar thoradh air nàdar nan togalaichean.

Tha luach cothromach dearbhte nan tasgaidhean ann an seilbh gu math freagairteach dhan toradh tuairmseach. Tha barrachd mìneachaidh air na prìomh bheachdan a chaidh a chleachdadh gus luach chothroman nan tasgaidhean ann an seilbh obrachadh a-mach ann an nòta 11.

**Sgeamaichean peinnsein shochairean suidhichte**

Tha cosgais nan sgeamaichean peinnsein shochairean suidhichte air obrachadh a-mach le luachadh le clèireach urrais. Bha na luachaidhean clèirich-urrais a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh bharailean mu ìrean lasachaidh, ìrean toraidh ris a bheil dùil bho sho-mhaoinean, àrdachadh tuarastail san àm ri teachd, ìrean bàsmhorachd agus àrdachadh peinnsein san àm ri teachd. Air sgàth iom-fhillteachd an luachaidh, na barailean bunaiteach agus nàdar fad-ùine nam planaichean sin, tha tuairmsean mar sin fo ùmhlachd mì-chinnt mòr. Tha fiosrachadh a bharrachd ann an nòta 21.

### 2.5 Atharrachaidhean ann am poileasaidhean agus foillseachaidhean cunntasachd – inbhean agus mìneachaidhean ùra agus atharraichte

Tha na h-inbhean agus na mìneachaidhean a leanas riatanach airson a' chiad uair airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2024 ach chan eil iad buntainneach no chan eil buaidh shusbainteach aca air aithrisean ionmhasail na buidhne;

| Tiotal | Buileachadh | Buaidh air a' Bhuidhinn |
|---|---|---|
| Ath-leasachadh Chìsean Eadar-nàiseanta – Riaghailtean Modail Dà Chuilbh – Atharrachaidhean air IAS 12 | Tha na h-atharrachaidhean an gnìomh cho luath 's a thèid am foillseachadh. | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| A' comharrachadh Fèicheanasan mar Làithreach no Neo-làithreach – Atharrachaidhean air IAS 1 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2024 | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Fèicheanasan Liosa ann an Reic agus Ath-liosadh – Atharrachaidhean ri IFRS 16 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2024 | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Foillseachaidhean: Ullachaidhean Ionmhais Solaraichean – Atharrachaidhean air IAS 7 agus IFRS 7 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2024 | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Dìth comas iomlaid – Atharrachaidhean air IAS 21 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2025 | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Reic no Cur ri So-maoinean eadar Neach-tasgaidh agus Com-pàirtiche no Co-iomairt – Atharrachaidhean air IFRS 10 agus IAS 28 | Ri thighinn | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

### 2.6 Atharrachaidhean ann am poileasaidhean agus foillseachaidhean cunntasachd – inbhean a chaidh fhoillseachadh ach nach eil an gnìomh fhathast

Tha na h-inbhean agus mìneachaidhean a chaidh fhoillseachadh, ach nach eil an gnìomh fhathast, suas ri ceann-latha foillseachaidh aithrisean ionmhais na buidhne air am foillseachadh gu h-ìosal. Tha a' Bhuidheann an dùil gabhail ris na h-inbhean aca, ma tha iad buntainneach, nuair a thèid an cur an sàs.

| Tiotal | Buileachadh | Buaidh air a' Bhuidhinn |
|---|---|---|
| Ath-leasachadh Chìsean Eadar-nàiseanta – Riaghailtean Modail Dà Chuilbh – Atharrachaidhean air IAS 12 | Tha na h-atharrachaidhean an gnìomh cho luath 's a thèid am foillseachadh, ach thèid feumalachdan foillseachaidh sònraichte a chur an gnìomh nas fhaide air adhart. | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| A' comharrachadh Fèicheanasan mar Làithreach no Neo-làithreach – Atharrachaidhean air IAS 1 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2024* | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Fèicheanasan Liosa ann an Reic agus Ath-liosadh – Atharrachaidhean ri IFRS 16 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2024* | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Foillseachaidhean: Ullachaidhean Ionmhais Solaraichean – Atharrachaidhean air IAS 7 agus IFRS 7 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2024* | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |
| Dìth chomas iomlaid – Atharrachaidhean air IAS 21 | Amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2025* | Thèid làn mheasadh buaidh a dhèanamh an ceann ùine |
| Reic no Cur ri So-maoinean eadar Neach-tasgaidh agus Com-pàirtiche no Co-iomairt – Atharrachaidhean air IFRS 10 agus IAS 28 | Ri thighinn | Chan eilear an dùil gun toir seo buaidh shusbainteach sam bith air na h-Aithrisean Ionmhais |

Chan eil an luchd-stiùiridh an dùil gum bi buaidh shusbainteach sam bith ann bho bhith a' gabhail ris na h-ìrean air aithrisean ionmhais na Buidhne san ùine nuair a thèid an cur an gnìomh an toiseach. Ach, thèid seo a mheasadh às dèidh dha a bhith air a bhuileachadh.

* Gu ruige seo, cha deach gin de na bun-inbhean sin aontachadh airson cur an gnìomh san RA agus cha tèid gabhail riutha gus an tèid daingneachadh gun deach an aontachadh.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 3. Teachd a-steach

Thathar a' coimhead air an teachd a-steach aithnichte san Aithris air Teachd a-steach mar a leanas:

| | **2024** | **2023** |
|---|---|---|
| | **£000** | £000 |
| Teachd a-steach bho chìsean puirt-adhair | **22,333** | 21,605 |
| Teachd a-steach bho Cheadachaidhean Reic | **3,724** | 3,178 |
| Teachd a-steach bho mhàil | **3,175** | 2,188 |
| Teachd a-steach iomlan | **29,232** | 26,971 |

## 4. Teachd a-steach eile

| | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| | **£000** | £000 |
| | | |
| Tabhartasan Riaghaltais, tabhartasan eile, agus seirbheisean a chaidh a thoirt seachad | **38,940** | 38,005 |
| | **38,940** | 38,005 |

Tha a' Bhuidheann a' faighinn subsadaidh obrachaidh, bho Riaghaltas na h-Alba, airson a bhith a' leantainn air adhart le gnìomhachd aig na 11 puirt-adhair aice. Tha Port-adhair Dhùn Dè air a ruith tro fho-chompanaidh. A bharrachd air seo, tha Sgeama Lasachaidh an Adhair a' faighinn pàigheadh airson seirbheisean air an toirt seachad. Bha an t-sùim a fhuaradh ann an 2024 agus 2023 mar a leanas:

| | | **2024** | 2023 |
|---|---|---|---|
| **Teachd a-steach** | | **£000** | £000 |
| | | | |
| Riaghaltas na h-Alba | Subsadaidh obrachaidh agus tabhartasan | **38,221** | 37,882 |
| Riaghaltas na h-Alba | Sgeama Lasachaidh Adhair | **184** | 123 |
| Eile | Eile | **535** | - |
| | | **38,940** | 38,005 |
| | | | |
| **Calpa** | | | |
| Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean eile | Subsadaidh obrachaidh agus tabhartasan | **11,812** | 17,987 |
| | | **50,752** | 55,992 |

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 5. Prothaid obrachaidh na buidhne

| Tha seo air aithris às dèidh cosgaisean/(creideasan): | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| | **£000** | £000 |
| Àrdachadh/(Ìsleachadh) ann an luach cothromach nan tasgaidhean ann an seilbh | **12** | (279) |
| Ìsleachadh seilbh, uidheim is acfhainn | **13,418** | 11,864 |
| Subsadaidhean dàilichte air an toirt seachad | **(12,905)** | (14,946) |
| Pàighidhean airson lìosan obrachaidh | **-** | - |
| Pàigheadh an neach-sgrùdaidh – seirbheisean sgrùdaidh | **61** | 65 |

## 6. Buannachdan/(callaidhean) eile

| | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| | **£000** | £000 |
| Buannachd air cuidhteasan seilbh, uidheam is acfhainn | **206** | 578 |
| Àrdachadh ann an luach cothromach nan tasgaidhean ann an seilbh | **12** | - |
| | **218** | 578 |

## 7. Cosgaisean sochairean fhastaichean

| | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| | **£000** | £000 |
| Pàigheadh is tuarastalan | **30,834** | 28,955 |
| Cosgaisean shochairean sòisealta | **3,616** | 3,284 |
| Cosgaisean peinnsein | **6,638** | 6,757 |
| Cosgaisean luchd-obrach eile | **1,407** | 1,263 |
| | **42,495** | 40,259 |

Tha na cosgaisean peinnsein a thaobh sgeamaichean shochairean suidhichte agus an sgeama thabhartasan comharraichte.

Bha an àireamh chuibheasach de luchd-obrach againn tron bhliadhna, a' gabhail a-steach luchd-obrach sealach, mar a leanas:

| | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| | **Àir.** | Àir. |
| Rianachd | **25** | 27 |
| Taic Lasachaidh Adhair (ADS) | **4** | 3 |
| Seirbheisean smàlaidh puirt-adhair | **190** | 190 |
| Gnìomhan aprain | **-** | 1 |
| Seirbheisean Trafaig Adhair | **116** | 118 |
| Seirbheisean Stiùiridh Trafaig Adhair | **-** | 3 |
| Innleadaireachd | **20** | 21 |
| Àrd-oifis | **77** | 77 |
| Stiùireadh | **26** | 25 |
| Tèarainteachd | **242** | 236 |
| | **700** | 701 |

## 7. Cosgaisean sochairean luchd-obrach (a' leantainn)

| **Tuarastal nan stiùirichean** | **2024**<br>**£000** | 2023<br>£000 |
|---|---|---|
| Tuarastalan | **324** | 244 |
| Sùimeannan pàighte do pheinnseanan | **43** | 42 |

Bha tuarastal nan Stiùirichean, a' gabhail a-steach sùimeannan pàighte do pheinnseanan, taobh a-staigh nan rainsean a leanas:

| | **2024**<br>**Àir.** | 2023<br>Àir. |
|---|---|---|
| £0 gu £5,000 | **-** | - |
| £5,001 gu £10,000 | **4** | 4 |
| 10,001 gu £20,000 | **-** | - |
| £20,001 gu £60,000 | **2** | 3 |
| £60,001 gu £145,000 | **2** | - |
| £145,001 gu £155,000 | **-** | - |
| £155,001 gu £165,000 | **-** | 1 |

Bha tuarastal an Stiùiriche leis a' phàigheadh as àirde aig £133,627 (2023: £124,412) gun a bhith a' gabhail a-steach sùimeannan pàighte do pheinnseanan de £5,919 (2023: £37,580).

B' e tuarastal a' Chathraiche £24,756 (2023: £23,760).

Chuir a' bhuidheann ris a' pheinnsean aig trì stiùirichean tron bhliadhna.

## 8. Ionmhas (cosgaisean)/teachd a-steach

| | **2024**<br>**£000** | 2023<br>£000 |
|---|---|---|
| Riadh banca ri fhaighinn/(ri phàigheadh) | **79** | 23 |
| Teachd a-steach (call) ionmhasail eile | **(151)** | (126) |
| Riadh air So-mhaoin còir cleachdaidh | **(7)** | (10) |
| | **(79)** | (113) |

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 9. Cìseachas

**(a) Cìsean air an Aithris air Teachd a-steach**

| | 2024<br>£000 | 2023<br>£000 |
|---|---|---|
| **Cìs teachd a-steach làithreach:** | | |
| Cìs teachd a-steach làithreach | - | - |
| Sùimeannan anabharrach a chaidh a phàigheadh ann am bliadhnaichean roimhe | - | - |
| Cìs teachd a-steach làithreach iomlan | - | - |
| **Cìsean dàilichte:** | | |
| Tùs agus ath-thionndadh eadar-dhealachaidhean sealach | - | - |
| A' bhuaidh aig ìre chìsean ìslichte air dùnadh fhèicheanasan | - | - |
| Cìsean dàilichte gu h-iomlan | - | - |
| **Cosgais chìsean san Aithris air Teachd a-steach** | | |
| Cìsean teachd a-steach air gnìomhan a tha a' leantainn | - | - |
| **Thathar a' foillseachadh nan cosgais cìse san Aithris air Teachd a-steach mar a leanas:** | - | - |

**(b) Cìsean a thaobh nithean air an toirt air falbh bho, no air an cur ri, teachd a-steach iomlan eile**

| | 2024<br>£000 | 2023<br>£000 |
|---|---|---|
| Cìs air an sgeama peinnsein shochairean suidhichte | - | - |
| Cìs teachd a-steach làithreach iomlan | - | - |
| **Cìsean dàilichte:** | | |
| Cìs dhàilichte air an sgeama peinnsein shochairean suidhichte | - | - |
| Cìsean dàilichte gu h-iomlan | - | - |
| **Cosgais cìse san Aithris air Teachd a-steach Iomlan Eile** | - | - |

## 9. Cìsean (a' leantainn)

### (c) Ath-rèiteachadh air a' chosgais chìsean iomlan

Tha cosgais nan cìsean anns an Aithris air Teachd a-steach airson na bliadhna nas ìsle na ìre choitcheann na cìs-chorparaid san Rìoghachd Aonaichte - 25% (2023: 19%). Tha na h-eadar-dhealachaidhean air an ath-rèiteachadh gu h-ìosal:

| | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| | **£000** | £000 |
| Prothaid cunntasachd ro chìsean teachd a-steach | **1,359** | (199) |
| Prothaid cunntasachd air iomadachadh le ìre cìs àbhaisteach na RA aig 25% (2023: 19%) | **340** | 38 |
| Cosgaisean nach gabh a chur an aghaidh chìsean | **29** | 32 |
| Callaidhean cìse a chaidh a ghiùlan air adhart | **26** | 87 |
| Callaidhean cìse a chaidh a chleachdadh | **(346)** | (238) |
| Tabhartasan riaghaltais a tha saor bho chìsean | **(3,061)** | (1,919) |
| Ullachaidhean peinnsein nach gabh a chur an aghaidh chìsean | **(325)** | (37) |
| Atharrachaidhean co-cheangailte ri IFRS | **251** | (168) |
| Atharrachaidhean a thaobh reic so-mhaoinean | **1** | 50 |
| Ìsleachadh lom a bharrachd air cuibhreannan calpa | **2,143** | 2,143 |
| Buannachdan air an gabhadh cìsean a thoirt | **-** | 10 |
| Cuibhreann den cho-iomairt nach gabh a chur an aghaidh chìsean | **(38)** | 2 |
| Gluasad cìs dàilichte ann an nòta 9 (d) | **-** | - |
| **Atharrachadh cìs iomlan air clàradh anns an Aithris air Teachd a-steach** | **-** | - |

### (d) Cìs dhàilichte

Tha na cìsean dàilichte a chaidh a chur ann an Duilleag Cothromachaidh na Buidhne is na Companaidh agus anns an Aithris air Teachd a-steach mar a leanas:

| | **Duilleig cothromachaidh** | | **Aithris air Teachd a-steach** | |
|---|---|---|---|---|
| | **2024** | 2023 | **2024** | 2023 |
| | **£000** | £000 | **£000** | £000 |
| **Fèicheanas cìs dàilichte** | | | | |
| Cuibhreannan calpa air an luathachadh | **12,414** | 12,866 | **(452)** | 4,815 |
| Ath-luachadh nan tasgaidhean ann an seilbh | **135** | 135 | **-** | (68) |
| | **12,549** | 13,001 | **(452)** | 4,747 |
| **So-mhaoin cìs dhàilichte** | | | | |
| Cuibhreannan calpa air an luathachadh | **-** | - | **-** | - |
| Peinnseanan | **967** | 1,449 | **(482)** | (7,889) |
| Callaidhean cìse a chaidh a ghiùlan air adhart | **1,656** | 2,183 | **(527)** | 20 |
| Teachd a-steach dhàilichte | **12,105** | 12,497 | **(392)** | 4,875 |
| Cìsean dàilichte nach deach aithneachadh | **(2,179)** | (3,128) | **949** | 7,741 |
| | **12,549** | 13,001 | **(452)** | 4,747 |
| **Air fhoillseachadh air Duilleag Cothromachaidh na Buidhne is na Companaidh is air an Aithris air Teachd a-steach** | | | | |
| Cìs dhàilichte (fèicheanas) | **-** | - | **-** | - |

Cha deach so-mhaoin cìs dhàilichte aithneachadh a thaobh eadar-dhealachaidhean sealach co-cheangailte ri callaidhean malairt eachdraidheil aig a' Bhuidhinn, nach fhaighear air ais ach a-mhàin ma thòisicheas a' Bhuidheann air prothaid shusbainteach a dhèanamh air an gabh cìsean a phàigheadh. Chan eil gu leòr fianais ann gun tèid an t-so-mhaoin seo fhaighinn air ais gus a h-aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 10. Seilbh, uidheam is acfhainn

### Buidheann

| | Saor-sheilbheachd air fearann agus toglaichean £000 | Uidheam is acfhainn £000 | Obair togail a' dol air adhart £000 | Iomlan £000 |
|---|---|---|---|---|
| **Cosgais:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2022 | 72,526 | 207,467 | 25,377 | 305,370 |
| Na chaidh a chur ris | 55 | 756 | 19,554 | 20,365 |
| Cuidhteasan | (3,181) | (4,929) | - | (8,110) |
| Ìos-sgrìobhadh | - | - | (4,652) | (4,652) |
| Tar-ghluasadan | 3,701 | 17,159 | (20,860) | - |
| Air 31 Màrt 2023 | 73,101 | 220,453 | 19,419 | 312,973 |
| **Ìsleachadh luach agus ìos-sgrìobhadh:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2022 | (43,663) | (98,799) | - | (142,462) |
| Air a thoirt seachad tron bhliadhna | (2,468) | (9,396) | - | (11,864) |
| Cuidhteasan | 497 | 4,226 | - | 4,723 |
| Air 31 Màrt 2023 | (45,634) | (103,969) | - | (149,603) |
| **Luach Leabhair Lom:** | | | | |
| Air 31 Màrt 2023 | 27,467 | 116,484 | 19,419 | 163,370 |
| Air 31 Màrt 2022 | 28,863 | 108,668 | 25,377 | 162,908 |

### Buidheann

| | Saor-sheilbheachd air fearann agus toglaichean £000 | Uidheam is acfhainn £000 | Obair togail a' dol air adhart £000 | Iomlan £000 |
|---|---|---|---|---|
| **Cosgais:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2023 | 73,101 | 220,453 | 19,419 | 312,973 |
| Na chaidh a chur ris | - | - | 12,302 | 12,302 |
| Cuidhteasan | (242) | (786) | (521) | (1,549) |
| Tar-ghluasadan | 3,387 | 20,875 | (24,262) | - |
| **Air 31 Màrt 2024** | **76,246** | **240,542** | **6,938** | **323,726** |
| **Ìsleachadh luach agus ìos-sgrìobhadh:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2023 | (45,634) | (103,969) | - | (149,603) |
| Air a thoirt seachad tron bhliadhna | 1,244 | (14,662) | - | (13,418) |
| Cuidhteasan | 242 | 745 | - | 987 |
| **Air 31 Màrt 2024** | **(44,148)** | **(117,886)** | **-** | **(162,034)** |
| **Luach Leabhair Lom:** | | | | |
| **Air 31 Màrt 2024** | **32,098** | **122,656** | **6,938** | **161,692** |
| Air 31 Màrt 2023 | 27,467 | 116,484 | 19,419 | 163,370 |

### 10. Seilbh, uidheam is acfhainn (a' leantainn)

**Companaidh**

| | Saor-sheilbheachd air fearann agus toglaichean £000 | Uidheam is acfhainn £000 | Obair togail a' dol air adhart £000 | Iomlan £000 |
|---|---|---|---|---|
| **Cosgais:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2022 | 68,585 | 185,140 | 24,795 | 278,520 |
| Na chaidh a chur ris | 55 | - | 19,499 | 19,554 |
| Cuidhteasan | (3,181) | (4,841) | - | (8,022) |
| Ìos-sgrìobhadh | - | - | (4,652) | (4,652) |
| Tar-ghluasadan | 3,701 | 16,680 | (20,381) | - |
| Air 31 Màrt 2023 | 69,160 | 196,979 | 19,261 | 285,400 |
| **Ìsleachadh luach agus ìos-sgrìobhadh:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2022 | (36,934) | (88,512) | - | (125,446) |
| Air a thoirt seachad tron bhliadhna | (2,388) | (8,442) | - | (10,830) |
| Cuidhteasan | 497 | 4,135 | - | 4,632 |
| Air 31 Màrt 2023 | (38,825) | (92,819) | - | (131,644) |
| **Luach Leabhair Lom:** | | | | |
| Air 31 Màrt 2023 | 30,335 | 104,160 | 19,261 | 153,756 |
| Air 31 Màrt 2022 | 31,651 | 96,628 | 24,795 | 153,074 |

**Companaidh**

| | Saor-sheilbheachd air fearann agus toglaichean £000 | Uidheam is acfhainn £000 | Obair togail a' dol air adhart £000 | Iomlan £000 |
|---|---|---|---|---|
| **Cosgais:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2023 | 69,160 | 196,979 | 19,261 | 285,400 |
| Na chaidh a chur ris | - | - | 11,924 | 11,924 |
| Cuidhteasan | (242) | (673) | (521) | (1,436) |
| Tar-ghluasadan | 3,387 | 20,652 | (24,039) | - |
| **Air 31 Màrt 2024** | **72,305** | **216,958** | **6,625** | **295,888** |
| **Ìsleachadh luach agus ìos-sgrìobhadh:** | | | | |
| Air 1 Giblean 2023 | (38,825) | (92,819) | - | (131,644) |
| Air a thoirt seachad tron bhliadhna | (2,339) | (9,663) | - | (12,002) |
| Cuidhteasan | 242 | 632 | - | 874 |
| **Air 31 Màrt 2024** | **(40,922)** | **(101,850)** | **-** | **(142,772)** |
| **Luach Leabhair Lom:** | | | | |
| **Air 31 Màrt 2024** | **31,383** | **115,108** | **6,625** | **153,116** |
| Air 31 Màrt 2023 | 30,335 | 104,160 | 19,261 | 153,756 |

## 11. Tasgaidhean ann an seilbh

Tha tasgaidhean ann an seilbh air an cur san duilleag cothromachaidh aig luach chothromach mar a chithear gu h-ìosal:

| | **Buidheann 2024 £000** | **Companaidh 2024 £000** | Buidheann 2023 £000 | Companaidh 2023 £000 |
|---|---|---|---|---|
| Luachadh air 1 Giblean | **3,399** | **3,399** | 718 | 718 |
| Na chaidh a chur ris | **275** | **275** | 2,960 | 2,960 |
| Cuidhteasan | **-** | **-** | - | - |
| Atharrachadh luach cothromach | **12** | **12** | (279) | (279) |
| Luachadh air 31 Màrt | **3,686** | **3,686** | 3,399 | 3,399 |

Chaidh luach cothromach obrachadh a-mach stèidhichte air luachaidhean margaidh, a rèir inbhean luachaidh a chaidh fhoillseachadh le Institiud Rìoghail an Luchd-tomhais Clàraichte. Ann a bhith a' dèanamh nan tuairmsean aca air luachan margaidh, tha an luchd-luachaidh air an eòlas margaidh agus am breithneachadh proifeasanta a chleachdadh, a' dèanamh feum air coimeasan malairt eachdraidheil cuideachd.

Bha na togalaichean sin a tha nam pàirt de stòrasan taobh-fearainn Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta air an luachadh air 31 Màrt 2024 le neach-luachaidh bhon taobh a-muigh, Gerald Eve LLP, companaidh Luchd-tomhais Clàraichte riaghlaichte.
Chaidh na luachaidhean ullachadh a rèir Luachadh RICS - Inbhean Cruinneil 2022 aig Institiud Rìoghail an Luchd-tomhais Clàraichte (RICS). Bha luachadh nan so-mhaoinean seo air stèidh Luach Cothromach, air a riochdachadh le Luach Margaidh.

Tha na prìomh bheachdan a chaidh a ghabhail a thaobh luachadh air am mìneachadh gu h-ìosal:

| | **2024** | 2023 |
|---|---|---|
| Toradh (%) | **5.0% - 24.6%** | 8.5% - 22.0% |

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 12. Tasgaidhean

### (a) Tasgaidhean ann an co-iomairtean

Tha sealbh aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean Earranta air 34% de chalpa earrannan àbhaisteach agus 87% de na h-earrannan ath-fhuasglaidh ann am Pàirc Gnìomhachais Port-adhair Inbhir Nis (*Inverness Airport Business Park Limited* – IABP), buidheann a tha fo smachd co-roinnte a tha na chompanaidh tasgaidh seilbh.  Tha a' bhuidheann a' comharrachadh a h-ùidh ann an IABP tron dòigh-obrach cothromais.

Tha an cuibhreann de sho-mhaoin, fèicheanasan, teachd-a-steach agus cosgaisean na buidhne fo smachd co-roinnte aig 31 Màrt agus airson nam bliadhnaichean a thàinig gu crìch an uair sin mar a leanas:

| | 2024<br>£000 | 2023<br>£000 |
|---|---|---|
| **Cuibhreann de dhuilleag cothromachaidh na co-iomairt:** | | |
| So-mhaoinean neo-làithreach | 80 | (62) |
| So-mhaoinean làithreach | - | - |
| Fèicheanasan làithreach | - | - |
| Fèicheanasan neo-làithreach | - | - |
| Cuibhreann de chùl-stòran eile | - | - |
| **Cuibhreann de sho-mhaoinean/(fèicheanasan) lom** | **80** | (62) |

| | 2024<br>£000 | 2023<br>£000 |
